

Reul Chearbach Air Chuairt

Des Scholes

Gràisg-sgeul

Do neo-aontachd

Fhad 's a bha e a' gabhail a thost bha a mhàthair a' trod ris. Bha i a-mach air cainb agus an ìre aig an robh esan ga smocadh. Cha do fhreagair e. Cha robh sìon a diofar dhi eadar an luibh a bha sin agus na drogaichean eile agus chùm i a' dol leis a dhroch chàineadh.. Cha do ghabh i ris an fheallsanachd a bh' aig a mac idir agus bha i air a mòr-nàrachadh nuair a nochd e sa chùirt airson seilbh a bhith aige de chnap dheth. Ach a dh'aindeoin a h-uile càil cha dhùilteadh i a mac fhèin. Bha i fhathast beò an dòchas gun tigeadh an latha nuair a chuireadh e a chuid chomasan ann an gnìomh agus a ghabhadh e os làimh na cothroman nach robh aicese nuair a bha ise òg. Nach tuirt na tidsearan rithe gun deigheadh e fada, uill ràinig e Lunnainn co-dhiù ach am b 'e sin e? Bha ise an dòchas gun tigeadh atharrachadh air cùisean. Cha robh Pòl airson deasbad sam bith eile air cainb a thogail le a mhàthair, bha a chuid fheallsanachd seachad oirre. Cha robh dòigh fon ghrèin gum biodh ise a' tuigsinn gur robh amas aige airson an t-saoghal atharrachadh. Seadh bha na trì-ficheadan seachad ach bha esan beò an dòchas cuideachd. Gu mì-fhortanach, ann an dòigh nach biodh a theaghlach a' tuigsinn gu sìorraidh bràth. Bha guth a mhàthar a' fàs na bu làidire ach bha esan cofhurtail a bhith sa cidsin còmhla rithe, bha e mar nach biodh tìm a' gluasad air adhart san àite shònraichte sin. B' e cuspair diofraichte a bh'ann ach bha esan dìreach a' faighinn an aon trod a fhuair athair agus a phiuthar le chèile. Bha fhios aige gur e gràdh a bha ag adhbhrachadh an fhuaim a bha a' lìonadh a' chidsin agus an talamh àrd moralta a bha eadarra. Agus co-dhiù bha fhios aige gu robh a chuid bheachdan a thaobh cainb buailteach a bhith cosgail. Thuirt e ris an t-Siorram gu robh e air a bhith smocadh cainb bhon a bha e ceithir bliadhna deug a dh' aois agus na bheachd phearsanta bha an luibh air deagh bhuidh a thoirt air an dà chuid a bheatha agus a shlàinte. Fhreagair an Siorram gur robh fhathast, gu fortanach, fada a bharrachd buaidh sa choimhearsnachd aig a bheachd fhèin na aig a' bheachd aigesan agus cha robh e ag aontachadh leis. Bha an Siorram làn chinnt nach robh Pòl agus cainb gu feum sam bith ann am beatha agus slàinte na coimhearsnachd agus ma dh'fhaodhte gun toireadh greis sa phrìosan cothrom dha sin a thuigsinn. Bha Pòl air a bhith onarach sa chùirt agus bha e daor dha.

A bharrachd air a bhith toilichte dìreach ann a bhith an làthair bha adhbhar eile gu robh e ann am fìor dheagh shunnd. Air a bhòn-dè thàinig litir bhon chomhairle

Hammersmith agus Fulham a' tabhann lobhta dha. Bha e air fòn a chur thuca a' gabhail ris agus bhiodh e an làthair an ath sheachdain gus sealbh a ghabhail. Bha fhios aig màthair Phòil gum biodh e fada na b' fhurasta dha shìos an sin na a bhiodh e ann am baile a h-àraich. Cha mhòr gun robh Pòil ga chreidsinn, lobhta ann an Harrington Court faisg air Pàirc Hurlingham agus Parson's Green, New King's Road agus an taobh an iar faisg air làimh. Bhiodh e fiù 's comasach beagan obair fhaighinn air margaidh North End Road. Bhiodh e ag ionndrainn an àite far an do rugadh agus a thogadh e ach b' fheàrrde e a dhol a Lunnainn aig a' cheann thall. Thug e pòg do a mhàthair agus chuir e air a gheansaidh. Lean i gun doras e agus thuirt i, 'Càite a bheil thusa a' dol?

'Inbhir Nis,' fhreagair e. 'Tha beagan agam ri a chur air dòigh mus falbh mi Chuir sin fo iomagain eile i, 'Phòil, gabh air do shochair. Na dèan dad sam bith gòrach thall an sin.' Bha eagal air a mhàthair gum biodh e air ais ann an sàs sa bhad nan deigheadh beagan fhaighinn na phòcaid an ath thuras a chitheadh am poileas e.

'Na gabh dragh,' thuirt e le gàire, 'chan eil mise airson tuilleadh tìde a chur seachd ann an Porterfield. Nì mi mo dhìcheall gus sin a sheachnadh, tha Penthouse gam feitheamh shìos ann an Lunnainn.' Agus leis an sin bha e a-mach agus air a shlighe dhan bhaile. Chaidh e tron ghàrradh-chùil agus tarsainn an raon-cluiche gu meadhan a' bhaile. Thug e sùil dhan t-sealladh gu deas agus na ciad cnocan a bha ag èirigh taobh thall na h-aibhne, air an cùlaibh na monaidhean agus an uairsin na speuran gorma. Lean a sùilean an rathad gus an deach e a-mach à sealladh air lùb a bha fo craobhan giuthais. 'S iomadh turas a bha e na shuidhe na bhalach òg air an raon-cluiche a' coimhead a-null gun rathad agus uaireannan bhiodh càr no làraidh ga leantainn gu ceann-uidhe dìomhair air choreigin. Cha robh dìomhaireachd sam bith ann dha sna làithean seo, bha e eòlach air a h-uile bad air an rathad gu deas agus a h-uile càil neònach agus annasach sa bhaile mhòr.

Dhlùth Pòil faisg air sreath thaighean a bha JCB a' leagail. Cha b' e taighean mòra a bh' annta agus aig an ceann bha bùth bheag. Cha d'ràinig an JCB fhathast i agus bha an soidhne fhathast os cionn an dorais, soidhne aig an robh buinteanas ri linn eile. Cha robh dad sam bith taobh a-muigh na bùtha agus bha na h-uinneagan air an còmhdachadh le duslach agus lìn dhamhan-allaidh. Cha mhòr

nach robh cuimhne aige air a h-uile duine a bha a' fuireach sna taighean seo, aig a h-uile doras bha ìomhaigh dè chuideigin ach b' ann aig a' bhùth a bha a' chuid bu mhotha de a chuimhneachain. B' ann an sin a bha uaireigin dathan, guthan soilleir chloinne agus a' Bhean-phòsta Nic a' Phearsain. Bha i còrr air ceithir fichead 's a trì bliadhna deug a dh'aois nuair a leig i dhith a dreuchd agus nach math a rinn i. B' ann sa bhoireannach ud a bha aon de na bunaithean air an robh dòigh-bheatha a' ghinealaich ud stèidhichte. A-nis bha bucaid a' JCB a' dlùthadh air na làithean buidhe a bha seo. 'S iomadh turas a thòiseachadh bhon uaimh ionmhais seo le fiamh-ghàire bhon chailleach seo a' toirt beannachd air na buidhinn chloinne. A h-uile oidhche Shathairne bhiodh Pòl a' ruith sìos dhan bhùth bhon sgeama gus an 'Green Final' a cheannach dha athar. Bha athar fhathast air a bheò-ghlacadh le staitistearachd a' bhuill-choise, bha e a' coimhead air dè cho mòr 's a bha na slòigh aig na geamaichean an dà chuid Alba agus Sasainn. Nam biodh an àireamh a bha a' dol tron doras aig Port Vale a' dol an-àirde bhiodh fhios aig athair Phòil. B' e cleachdadh a bha Pòl e fhèin measail air a bh' ann, a' coimhead air liostaichean sgiobaidhean ann an àiteachan nach fhaca e a-riamh. Rinn e sgrìob gu Craven Cottage ge-tà ach cha do chòrd e ris a bhith shuas gu h-àrd a' coimhead air a' ghèam agus ceò reòhte ag èirigh às an Thames. Bha e dìreach ann air sgàth 's gun robh e a' dol gu pàrtaidh ann am Putney agus lean e buidheann luchd-taic tarsainn na drochaid. Cha do rinn eadhon paidh agus Bovril mòran feum air an oidhche ud. Dhàsan bha an suidheachadh cracte, carson a bha Chelsea a' cluich ann am Fulham agus Fulham a' cluich ann am Putney, bha a h-uile càil seachad air. Aon rud às an robh e cinnteach, b' e gur e àite cunnartach a bh' ann anns na trèanaichean bho thalamh nuair a bha feadhainn den luchd-leantainn bho sgiobaidhean Lunnainn diofraichte a' dol dhachaigh. Ach bha e fada air falbh bho sin an-diugh fhad 's a bha e a' coimhead air pìos eile de mhullach na bùtha a' tuiteam. Dhàsan bha e mar gum biodh beagan den eachdraidh phearsanta ga dubhadh às, mar gum biodh esan na phàiste a' bruidhinn leis a' chaillich chòir agus bucaid an inneil a' tighinn tron bhalla a' dèanamh sgrìos air a' bhathar agus air an dithis aca. Cha bhiodh clann sam bith eile a' ceannach suiteas bhon bhùth, shaoil e, bhiodh aca ri a dhol suas gun t-sràid mhòir. A-nis bha aig athair ri 'Green Final' a cheannach aig a' gharaid. Bha Pòl air a bhith tilleadh dhan bhaile a h-uile bliadhna ach gach

turas bha e mar gu robh pìos eile a bha sònraichte dha air a sguabadh air falbh. Bha e an dà chuid na phàirt den bhaile agus na àite coigreachail dha. Cha robh e comasach pàirt a ghabhail ann mar a chleachd e. Gun teagamh bha an ceangal a' crìonadh. Chùm e air gun bhus. Nuair a thilleadh e bhiodh a' bhùth air falbh. Thogadh iad rudeigin eile agus ma dh'fhaodhte bhiodh cuideigin eile, can ceud bliadhna air thoiseach a' coimhead air inneal ùr buidhe a' dèanamh sgrios air togalach air choreigin eile. Ceud bliadhna no fiù 's beagan nas tràithe na sin, an ath thuras a thilleadh Reul Chearbach Halley. Chan fhaca e an reul chearbach gu ruige seo agus cha bhiodh mòran teans ann oir bha i a' falbh aig astar a bha iongantach, bhiodh feum aig deagh phrosbaig, a leithid a bha aig an duine ùr aig a phiuthar ach cha bhiodh Pòl cofhurtail leis. An turas mu dheireadh a bha e sa bhaile bha faclan eadar e fhèin agus an duine sin anns an taigh-seinnse far an robh a phiuthar ag obair. A rèir coltais bha iadsan a' faighinn air adhart gu math agus cha bhiodh e gu mòran feum am bodraigeadh agus co-dhiù bha cus aige ri dhèanamh.

'S math gu robh dearbhadh-aithne air. Bha iad gu math amharasach dheth, duine de leithid-sa a' toirt a-mach sia ceud not às a chunntas. Bh' aige ri bruidhinn ris a' mhanaidsear mus d'fhuair e grèim air a chuid airgid. Chaidh e a-mach às a' chomann-togalaich ann an deagh shunnd ge-tà agus rinn e air Charlie's café. Bha e airson a bhith a' choimhead air an t-saoghal a' dol seachad fhad 's a bha e a' gabhail srùbag. B' e annas air leth a bh' ann nuair a bha e òg a bhith a' dol a-steach gu Charlie's café le a mhàthair gach turas a dheigheadh iad gu Inbhir Nis agus cha b' ann gu tric a bha sin. Chaidh e a-steach gus a bhith na bhalach beag a-rithist. Chuir e roimhe gun tilleadh e air an trèana as dèidh pinnt san stèisean. Smaoinich Pòl gum biodh còig ceud not gu leòr airson beagan àirneis fhaighinn airson a lobhta. Bheireadh e ceud not dha a mhàthair cuideachd ged a bhiodh eagal oirre mu co às a thàinig e. Ma dh'fhaodhte thilleadh e gu deas feasgar Diluain air an trèana oidhche, chuireadh e an t-airgead sa sporan aice, bhiodh sin fada na b' fhurasta dha agus cha bhiodh e a' seachnadh tuilleadh trod bhuaipe agus cha bhiodh feum air sgeulachd nach biodh ise a' creidsinn a chruthachadh.

Shùgh Eirdsidh dà Ibuprofen agus ghabh e balgam tì. Dh'fhosgail e tiona de bhiadh choin agus chuir e na bha na bhroinn ann am bola a bha air an làr. Ghluais Alsatian mòr gu slaodach a-mach à basgaid chuilc, shìn e e fhèin agus ghluais e a-nall gun bhiadh.

'Uill Brus, ciamar a tha thu fhèin air a' mhadainn seo? Saoilidh mi gum bi mise a' dol gu Inbhir Nis an-diugh.'

Mus do thòisich Brus ag ithe a chuid bhracaist sheall e suas ri a' mhaighstir. Lean Eirdsidh air adhart, B' e mearachd a rinn mi gu dearbh a bhalaich, chan urrainn dhuinn tilleadh a-nis ge-tà. Chì sinn dè thachras, chì sinn dè thachras.' Chaidh e a-mach às a' chidsin dhan t-seòmair-còmhnadh, sguaid e dùn irisean bhoireannach bhon bhòrd-cofaidh agus shuidh e sa chathair leathair, chuir e a chasan air a' bhòrd agus choimhead e a-mach tron uinneig air an locha agus na cnocan air a chùlaibh. Bha bharrachd air dusan ealachan bàna air tighinn dhan loch am-bliadhna, bha iad an sàs sna deasan-gnàthach aca, beagan cluiche, beagan dannsaidh agus beagan fòirneirt, ann an ceann trì seachdainean bhiodh iad a-mach à seo agus bhiodh an dà eun-còmhnaidh a' faighinn sìth agus thogadh iad nead agus an uair sin bhiodh cearcall eile air a thòiseachadh. Dìreach mar a thog Eirdsidh agus Sùsaidh nead ri taobh an locha biodh an dà chreutair ga dèanamh ach an taca ri na h-eòin bha Eirdsidh den bheachd nach robh iad - esan agus Sùsaidh - a' dèanamh cho math idir. A-raoir bha iad air a bhith ann an Inbhir Nis aig bàr ùr a bha san fhasan. Thachair iad air càirdean Sùsaidh agus bha e air a bhith aig iomall a' chòmhradh fad na h-oidhche. Bha iad uile an aon aois ri a nighinn fhèin agus cha robh mòran aca an cumantas. A-nis nach ann a thug Sùsaidh cuireadh dhaibh gu pàrtaidh san taigh aca an ath dheireadh sheachdain.

Bha ise mothachail nach robh esan air a bhith cofhurtail agus nuair a thill iad dachaigh rinn i a dìcheall gus a chur ann an deagh shunnd. Nuair a chaidh iad dhan leabaidh cha robh dad a seas dìreach ge-tà, esan le tè àlainn còig bliadhna fichead a dh' aois deiseil agus deònach dha agus cha robh e comasach. Cha do sheall Sùsaidh a briseadh-dùil dha ge-tà agus chuir i a gairdeanan mu cuairt air ach bha fhios aca le chèile gur e mòmaid chudromach sa chàirdeas a bh' ann.

Leugh e mu dheidhinn cùisean ann an Chernobyl sa Phress & Journal, bha iad a'

gluasad dhaoine nam mìltean a-mach às na sgìrean cunnartach anns an Ruis. Gu dearbh bha iomadh rud na bu mhiosa na cion boid cruaidh. 'S e suidheachadh cianail a bh' ann an Chernobyl agus smaoinich e air ciamar a bha mac an duine san dùthaich seo beò ann an seòrsa aisling, a h-uile càil ceart gu leòr agus cearcall a' chuain a bha iad uile a' tuigsinn gus an tachradh rudeigin nach robh iad comasach dad a dhèanamh mu a dheidhinn. Cha robh Eirsidh air a bhith toilichte le Artair Scargill ach dha-san bha e gòrach ann a bhith a' cur às den ghuaill air fad. Dè a thachradh nan spreadhadh Torness no stèisean niuclasach eile. Ach cha bhiodh dòigh sam bith a dhol air ais a-nis, Rinn Maggie a' chùis air na mèinnearan agus iadsan taobh a-muigh oifisean an t-sochair cion-cosnaidh. Seadh rinn Artair Scargail bùrach às a h-uile càil, dìreach mar a rinn Eirsidh sgrios air a phòsadh.

Bha esan agus Sìne air a bhith sunndach sa chiad dol a-mach nuair a ghluais iad dhan bhaile. Fhuair iad deagh phrìs airson an taigh-òsta a bh' aca ann an St Helier. Chuir iad naoi bliadhna deug den cuid obrach a-steach den ghnìomhachas a bha sin. Thòisich iad le rudeigin a bha a' tuiteam às a chèile agus chrìochnaich iad le àite le cliù eadar-nàiseanta. Rinn iad imrich dhan taobh a tuath gus a bhith faisg air màthair Sìne ach bhàsaich i dìreach dà mhìos às dèidh dhaibh am baile a ruighinn. Bha e air a bhith an dòchas gun tilleadh iad gu Jersey no fiù 's dhan Bhreatainn Bhig far an robh taigh aca air an dùthaich. Dà uair a thìde sa bhàt'-aiseig, cuairt dha na bùthan ann an St Malo agus an uair sin, sin iad sa bhaile iomallach ann an Tregor. B' iad sin na làithean ach cha d'fhuair e cothrom idir tilleadh gu Jersey no gun Bhreatainn Bhig. Ghabh Sìne dreuchd san taigh-òsta. Ann an ùine nach robh fada chuir ise ceart a h-uile càil ach cha robh tìde aice airson bruidhinn ris. Dh'fhàs i na b' fhuair, chan ann a-mhàin le Eirdsidh ach leis a h-uile mac màthar eile nach robh na neach-ceannach. Bha i cianail cruaidh ris an luchd-obrach, rudeigin nach d'rinn i a riamh ann an St Helier. Thilg i i fhèin a-steach na cuid obrach agus cha do mhothaich i gu robh Eirdsidh ga thilgeil fhèin a gàirdeanan Sùsaidh, àite far an robh fàilte agus fuaran ga fheitheamh. Agus sin mar a thachair. A-nis b' e càraid a bh' ann fhèin agus Sùsaidh. Bha e a' phàigheadh màl airson an taigh seo trì mìle taobh a-muigh a' bhaile ri taobh an locha far an robh na ealachan-bàna Bha e air a bhith ga sheachnadh ach na chridhe cha robh e buileach cinnteach an ann ga mhealladh fhèin a bha e, a' lorg

an dòigh beatha a bh' aige nuair a bha e fada na b' òige. Cha thilleadh a h-uile càil a bha sin gu bràth agus cha bhiodh e comasach tè ceithir air fhichead bliadhna a dh' aois a chumail ann an deagh shunnd. Bhiodh i a' lorg cuideigin a bheireadh sàsachadh dhi ann an ùine nach biodh fada. Bha e a' creidsinn gur robh i measail air ach bha e cinnteach nach robh gràdh aice air. Cha do chuir sin dragh air sa chiad dol a-mach, 's e seòrsa de chuach òir a bh' innte, rudeigin gus farmad a chur air na bodaich eile faisg air làimh. Beag air bheag ghluais an fhirinn a-steach dhan ghnòthaich. Bhiodh esan ag èisteachd ri cèol clasaigeach agus ise ri pop, bha na siabain a' cur dragh mòr air: cha robh fiù 's telebhisean san taigh fad 's a bha e pòsta ri Sine agus a-nis bha aige ri Eastenders a fhulang.

Bha Eiridsidh measail air grunn cur-seachadan a-muigh ach cha do chòrd sin ri Sùsaidh. Bha ise air a dòigh glan a' cabadaich air a' fòn ri a cuid teaghlaich. Gu tric bhiodh ise agus a màthair a-mach air a bràthair sa phrìosan. Cha mhòr gun robh dad sam bith a bha a' tachairt ri Sùsaidh, a màthair, a peathraichean, no peathraichean a màthar nach robh air a craobh-sgaoileadh tron lìn-conaltraidh aca. Dhàsan bha e mar gu robh aon inntinn aig an teaghlach air fad. Bha an suidheachadh ga mhùchadh. Bha màthair Sùsaidh den bheachd gur e duine mòrchuiseach a bh' ann ach cha bh' ann mar sin a bha e idir. Dh' fhàs e suas ann an eagar sòisealta a bha gu math diofraichte an taca ris an fhear a bh' aig Sùsaidh ach dh'ionnsaich athair dha gu robh luach air a h-uile duine agus nach bu chòir dha aig àm sam bith crìochan a chur eadar e-fhèin agus daoine eile a thaobh clas no dad sam bith eile. Shaoil e gu robh e air a bhith dìleas dha feallsanachd athar ach cha robh dàimh a theaghlaich a-riamh cho dlùth ri na bh' aig Sùsaidh. Cha robh e na bhreitheamh orra, bha e cus dha ge-tà, agus cha bhiodh dad ag atharrachadh. Leum e a-steach cho luath, cha robh e air a bhith smaoinichidh idir. A-nis bha càirdeas eile aige a bha tuiteam às a chèile. Bha e air a bhith lorg suidheachadh cofhurtail, dh'fhosgail doras ùr dha ach bha ribe air a chùlaibh nach fhaca e. Chaidh e a-mach an doras leis a' chù agus rinn e air an slighe a bha a' leantainn taobh lochan suas dhan choille-bheithe. Gu h-obann bha e ag ionndrainn nan creag àrda taobh a tuath eilein Jersey gu mòr, mòr. Bha cianalais air, cha b' ann a-mhàin airson àite ach linn eile.

Chuir Tòmas am pàipear air a' chunntair am broinn oifis a' phuist sa chlachan

agus mar a b' àbhaist dhi cha do rinn am boireannach taobh thall a' chunntair gàire no dad sam bith eile ris. Bha seòrsa de mhulad sgrìobhte air a h-aogas agus cha robh mòran dhaoine deònach sin fhulang a h-uile latha agus mar sin 's gann gun deach duine sam bith a-steach den bhùth. Bha Tòmas air fàs cleachdte ris agus cho fad 's nach robh e a'coimhead air a h-aodann cha bhiodh i a' cur cus dragh air. Bha seòrsa de dhìonachd aige agus b' urrainn dha a dhol a-steach gun dad sam bith buaidh a thoirt air. Air a shlighe dhan ghàrradh thachair e air an fhorsair a bha tighinn a-mach a thaigh. Choisich iad le chèile sìos an rathad. Bha land-rover tighinn gan ionnsaigh suas am bruthach.

'Tha fhathast cothrom agad do chasan a thogail às,' rinn an fhorsair fealla-dhà.

'Cha dèanadh e dad fhad 's a tha fear-fianais ann. Tha mise sàbhailte gu leòr sa mhadainn seo.' Bha a h-uile càil a bha seo a' cur dragh air Tòmas. Bha e ag obair aig àite brèagha air an dùthaich taobh a thuath Alba, bu chòir dòigh beatha socair ciùin a bhith aige ach cha b' ann mar sin a bha cùisean idir, idir.

Chaidh an land-rover seachad agus thug an dràibhear sùil air Tòmas agus rinn e gluasad le a chorrach tarsainn amhach aig an aon àm

'Nach buidhe dhut,' thuirt am forsair. 'Tha mi an dòchas gun do chòrd e riut gu mòr nuair a fhuair thu a-steach drathais a nighean.

'Carson nach eil duine sam bith gam chreidsinn? Cha do chuir mi làmh oirre. Bha eagal a beatha oirre bho a h-athair agus thug mi fasgadh dhi,' bha an guth aige frionasach agus nan rachadh a phronnadh bha fhios aige nach biodh mòran a ghabhadh truas air. Faighinn taobh a-staigh na drathais aice? Cha robh e ag aideachadh nach robh sin plana aige o chionn fhada agus cha robh dad ceàrr le sin, bha i seachd deug bliadhna a dh'aois. An oidhche a nochd i air a dhorais ann an fìor droch stad le eagal a beatha oirre cha robh e deònach brath a' gabhail oirre. Chuir e san t-seòmair eile i ach bhon uair sin cha robh duine sam bith ga chreidsinn.

'Seadh' thuirt a chompanach le gàire eile. 'Thug thu fasgadh dhi.'

Bha deich mionaidean a dhràibheadh aig Eirdsidh air an rathad mus do ràinig e an A96. Bha e ag èisteachd ri Rèidio ceithir agus cha robh briathran an riaghaltas a' toirt mòran misneachd dha. A rèir coltais cha robh cunnart sam bith ann dhan mhòr-shluagh agus bha an riaghaltas a' cumail sùil geur air a' ghnothaich agus a' dèanamh deuchainnean a bharrachd sna àiteachan far an robh uisge trom. Cha robh e gan creidsinn idir, bha faireachdainn aige. Bha iad a' dèanamh an dìchill gun clisgeadh a chur air daoine. Bha eagal air son an àm ri teachd, bha Chernobyl a' cur sealladh diofraichte air a chuid thrioblaidean, taing dha Dia nach b' ann ri taobh an stèisein niuclasaich ud a bha esan a' fuireach.

Thog Tòmas na luibhean às a' bhuntàta agus chuir e beagan a bharrachd talamh air na barran ùra a bha a' nochdadh. Bha fhathast cunnart reothaidh ann tràth sa Chèitean ach ann an greis bhiodh na barran a' fàs suas a-rithist agus cha b' urrainn dha dìon sam bith eile a thoirt dhaibh. Chaidh e a-mach air a' gheata leis a' bhara làn. Taobh thall geata eile chaidh e a-steach gu àite far an robh iad a' dèanamh tothar gàrraidh. Bha e air a dhòigh glan sa bhad seo am measg nan dùnan eadar-dhealaichte, nan sliseagan a rinn iad bhon fhiodh a chaidh a ghearradh, nam baraillean leanna a rinn iad le comfrey. B' ann an seo a bha teismheadhan an t-siostaim uaine a bha iad a' cleachdadh. Bha sgudal a' tighinn a-steach agus stuth a bheireadh slàinte agus spionnadh dha eag-eòlas an lios a' dol a-mach. B' e cearcall a bh' ann an siud, cearcall a bha dìreach cho sìmplidh, nàdarrach agus bunaitich anns an ràithean 's gu robh cha mhòr an saoghal air fad air cùl a chur ris. Thog e mullach baraille agus thug e sùil air na boiteagan beaga dearga. Abair thusa gu robh iad dripeil trang.

'Tha sibh a' dèanamh uabhasach fhèin math a chàirdean,' thuir Thòmas, 'bidh mise a' tighinn a-nall le feadhainn de na currain bhon uiridh a dh' aithghearr, chan eil iad gu mòran feum a-nis ach bidh sibhse air ur dòigh glan leotha. Cuiridh mi beagan an seo agus càch air an dùn mhòr.'

Bha Tòmas cinnteach nach b' urrainn dha gu bràth tilleadh a dh' obair ann an gàrradh gnàthach. Chòrd na dòighean uaine ris cus airson sin a dhèanamh. Ma dh'fhaodhte gu robh an saoghal a' dol gu tur às a chiall ach ann an seo bha fhathast oisean far an robh cùisean feumail dhan àrainneachd agus nam biodh e a-chaidh ag obrachadh ann an àite eile dh'fheumadh e a bhith coltach ris an fhear seo. Bha esan aig fois le na prionnsabalan uaine ann an seo. Dh'atharraich a bheatha bhon latha a fhuair e dreuchd aig a' ghàrradh seo. A-nis cha robh e buailteach idir a bhith cho fiadhaich agus cunnartach le daoine eile 's a bha e nuair a bha e a' fuireach sa bhaile mhòr.

Thàinig a' phrìomh ghàirnealair a-mach às an oifis aige agus rinn e air Tòmas. Bha amharas air gu robh Tòmas a' bruidhinn ris fhèin a-rithist, chuala e e aon turas nuair a bha e san roinn tothair. Smaoinich e gur e balach neònach a b' ann an Tòmas ach thuir am bàillidh gum b' e Tòmas an gàirnealair a b' fheàrr san sgioba agus gur robh an sealbhadair measail air. A bharrachd air sin nam biodh na h-atharrachaidhean a bha e airson a chur an gnìomh a' cur dragh air Tòmas

bha e ceadaichte £500 a thoirt dha mar àrdachadh pàighidh. Cha tuirt am bàillidh càil ris a' phrìomh ghàirnealair ach chuala e san taigh-seinnse bho mhanaidsear roinn an togalaich gun dhiùlt Tòmas an dreuchd. A rèir coltais thuirt e riutha gun smaoinich e nach robh e deiseil airson gluasad air adhart san dòigh sin agus gum biodh e a' cur cus dragh air a bhith a' dèiligeadh leis a' bhiurocrasaidh a bha tighinn a-steach dhan ghàirnealaireachd.

Mhothaich Tòmas gu robh fhathast briogais gheal air a' phrìomh gairnealair. Bha seachdain

a-nis bho nochd e sa briogais ud agus a sheachad 'rùisg' a bha na bu fhreagarraich airson nam beanntan, oir nan rachadh thu faisg air preas ròsan dheigheadh a reubadh ann an ùine nach biodh fada. B'e a bh' anns a' bhriogais ud ach seòrsa de shanas nach biodh an duine a bha seo a' dèanamh mòran obrach leis an sgioba. B' e aon den luchd-stiùiridh a bh' ann gu dearbh agus bha e airidh air, smaoinich Tòmas, bha a' chainnt aige, a' chainnt a bha freagarrach airson nan dòighean ùra. Nuair a leig an t-seann cheannard dheth a dhreuchd thuirt e gum b' ann mar sin a bhiodh e a-nis agus cha robh dòigh sam bith ann a bhith ga sheachnadh. Bha an duine ud a' cumail a' dol sa chlachan le a ghàrradh fhèin agus le na dungarees shalach, ghorm a bh' aige a h-uile latha a bha e an sàs san dreuchd aige agus cha robh e ga ionndrainn idir, bha cus pàipeir a' tighinn a-steach na bheachd-sa agus leis an sin cha do chuir e iongnadh sam bith air gum biodh fàilte agus fuaran air a' bhriogais ghil.

Cha tàinig am fear ùr a-steach dhen roinn far an robh Tòmas. Bha e a' bruidhinn ris taobh thall a' gheata,

'Thòmais, an urrainn dhut a thighinn dhan oifis agam aig leth uair an dèidh deich? Tha rudeigin agam ri ràdh ris an sgioba.' Ged a bha coltas ceannaird air, bha beagan mì-chinnt ri cluinntinn sa ghuth aige. Bha e follaiseach gu robh pàirt dheth an-fhoiseil ann a bhith dèiligeadh ris an luchd-obrach.

'Seadh, chì mi sibh aig leth uair an dèidh deich,' thuirt Tòmas san stoidhle àbhaistich.

Bha eagal air a' cheannard gu robh Tòmas a' toirt dìmeas dha ach cha robh e a' tuigsinn nach robh dòigh sam bith eile aig Tòmas ge b' e cò a bha e bruidhinn ris. Thòisich an ceannard a' dèanamh air an oifis ach thionndaidh e agus thuirt e ann an guth a bha fada ro fhoirmeil. 'Agus rudeigin eile, tha iad ag iarraidh dà phèile

de lusan a' chrom-chinn shuas aig an taigh. An urrainn dhut sin a dhèanamh sa bhad?' Cha do dh'fheith e air freagairt bho Thòmas mus do thionndaidh e. Bha sùilean Thòmais ris na speuran ge-tà, chuala e clamhan ag èigheachd os a chionn. Lean e an t-eun gus an deach e a-steach sycamore aig ceann thall an rathaid a bha a' leantainn dhan roinn ghàirnealair eachd. Sycamore a bha 's dòcha còrr air dà cheud bliadhna gu leth a dh' aois agus ged a bha i fhathast bàn bha i a' dèanamh fiughair gus a bhith tòiseachadh a-rithist.

Chòrd e rium gu mòr a bhith a' cruinneachadh bhlàthan. Bha a' mhòr chuid de na lusan a' chrom-chinn agus na narcissi faisg air na *Wellingtoniae* agus bha gràdh aige air na craobhan seo. Dh' fhàs iad bhon t-sìol a thàinig bho Ameireaga agus a rèir nan eòlaichean b' ann an Alba a gheibheadh tu an àrainneachd a bu fhreagarraiche dhaibh taobh a-muigh iar-thuath Ameireaga. Bha feadhainn dhiubh na b' àirde na ceud gu leth troigh a-nis. Nan biodh iad a' cumail a' dol mar sin dh'fhàsadh iad aon latha gu bhith cho àrd ris an fheadhainn taobh thall an t-saoghail. Chaidh Tòmas gu doras-cùil an taigh mhòir agus dh'fhosgail e e. Taobh a-muigh bha an còcaire a' gabhail srùbag còmhla ris an neach-glainnidh. 'Seo na blàthan agaibh' thuirt e riutha, agus chuir e air a' bhòrd iad.

'Ciamar a tha thu an-diugh,' dh'fhaighnich an còcaire dheth.

'Chan eil adhbhar a bhith gearain,' thuirt Thòmas. 'Ciamar a tha sibh fhèin.'

'Tha mise gu dòigheil agus feumaidh mi aideachadh gur ann an deagh shunnd a tha an creutair bochd seo,' bha an còcaire na dhuine fosgarra mar a bh' àbhaist dha. B' e boireannach coibhneil meadhan aoise a bh' ann an Elsie an neach-glainnidh agus cha do chuir e dragh oirre gu robh an còcaire a' bruidhinn air a son.

Thòmais, tha ceist agam dhut,' thuirt an còcaire le gàire bheag.

'Ma bhios e co-cheangailte ri nighean a' gheamair, chan eil dad agam ri ràdh,' leig Tòmas osna.

'Chan eil idir. Bha mi dìreach a' smaoin eachdadh gu robh rudeigin a dhìth ort an-diugh.'

'Gu mì-fhortanach chan eil fhios agam fon ghrèine co air a tha thusa a-mach,' bha Thòmas cinnteach gum biodh an còcaire ri spòrs air cuspair air choreigin.

'Uill bha iongnadh oirnn nach robh briogais gheal ort. Nach bu chòir do phaidhir a bhith aig a h-uile gàirnealair a-nis.' Thàinig a' cheist.

‘Nach thusa a tha èibhinn!’ fhreagair Tòmas. ‘A dh’innse na fìrinn chan eil e a’ cur sìon a dragh orm dè an dath a th’ air a’ bhriogais aige, nan robh briogais goirid Bermuda clò na Hearadh air bhithinn-sa fhathast coma.’

Rinn e fiamh-ghàire riutha agus dh’ fhalbh e, nuair a dhùin e an dorais chuala e iad a’ gàireachdaich. Cha robh e a-riamh airson cus ùine a chur seachad san taigh-mhòr bha cus poilitigs am measg an luchd-obrach shìos an sin. Bha e a’ cur iongantais air ciamar a bha feadhainn san t-saoghal air an dòigh glan ann a bhith a’ dubh càineadh cuideigin agus an uair sin sa bhad a bhith càirdeil leotha agus a bhith a’ càineadh cuideigin eile. Seadh, bha seanchas den leithid nàdarra ach nan robh e sna h-olympics bhiodh iadsan shuas aig an taigh a’ riochdachadh Bhreatainn.

Fhad ’s a bha e a’ tilleadh dha na gàrraidhean smaoinich e nan robh e soirbheachail cha bhiodh e ag ionndrainn an còcaire agus a eirmse sgaiteachail. Uaireannan bha an còcaire cus dha. Smaoinich e a-rithist air na Wellingtoniae agus air an àm a bha sin nuair a bha na luibh-eòlaichean a’ tilleadh às na ceithir ranna-ruadh le lusan ùra. Bhiodh agad ri a bhith fada na bu sgileil sna làithean ud. Gheibheadh tu sìol agus nam robh thu fortanach biodh aithris ghoirid air dè seòrsa lusa a bh’ ann agus ma dh’ fhaodhte bhiodh dealbh peansail na chois. B’ ann ortsa mar ghàirnealair a bhiodh a h-uile càil a’ crochadh agus dh’fhaodadh do chliù a dhol suas no sìos a rèir do chuid eòlais no sealbh. Bha Tòmas fo gheugan mòran de na craobhan a-rithist agus smaoinich e mu na daoine a chuir thuca na sampallan mìorbhaileach seo. Cha robh de mhac-meanmna aca gu a bhith sealltainn air adhart gu 1986 agus dè seòrsa coltais a bhiodh air na bha iad a’ cur. Cha robh stèiseanan niuclasach ann nuair a bha iadsan dripeil trang le na lusan a lorg na h-eòlaichean. Bha truailleadh gu leòr ann ge-tà ach taobh a-staigh nam bailtean mòra cha robh a h-uile càil fhathast aig ìre ‘uaine’. B’ ann às na leabhraichean bhon linn mu dheireadh a bha iad a’ faighinn fiosrachadh gus an iomairt ‘uaine’ a thoirt air adhart. An uairsin shaoil e dè a’ buaidh a bhiodh aig Chernobyl air na craobhan, air a h-uile càil. Dè thachradh dhan àrainneachd mu chuairt a’ bhaile far an robh an luchd-obrach a’ fuireach. Am bàsaicheadh a h-uile càil thall an sin, am bàsachadh na craobhan seo. Am biodh mùthadh air choreigin a’ nochdadh. Bha cùisean dìreach eagalach ach chan atharraicheadh sin gu robh

an geamair às a dhèidh le droch rùn. Nach neònach an saoghal, bha e gu math furasta a bhith air do bhogadh le gràine ann an cruinne-cè a bha fhathast àlainn bòidheach làn mhìorbhailean. Bha beachd aig Tòmas o chionn fhada gum bu chòir do mhac an duine an t-sitig fhaighinn ach bha a h-uile càil a bha mu chuairt air a' tighinn beò a-rithist agus a'fàs gorm. Chumadh e a' dol, chumadh e a' dol.

Aig leth-uair an dèidh deich bha sianar dhiubh san oifis, am fear leis a' bhriogais ghil agus còignear ghàirnealairean eile. Bha an ceannard na shuidhe air cùlaibh a dheasg. Bha na sgeilpean loma-làn le leabhraichean-fiosrachaidh agus irisean tuathanachas-gàrraidh, air a' bhalla bha grunn theisteanasan a fhuair an ceannard na dhreuchd gu ruige seo. Le càch a' choimhead air thòisich e:

'Tha mise agus am bàillidh air a bhith a' dèanamh sgrùdadh air ciamar a tha cùisean ag obrachadh san roinne seo. Gu ruige seo tha sibh uile air a' bhith a' cumail sùil air badan diofraichte den ghàrradh. Uill bidh sin ag atharrachadh. Tha stòras tàlant air leth eadaraibh agus tha làn-thìde gu robh cothrom agaibh ur cuid sgilean a leudachadh, leis an sin , bho Diluain a-mach bidh siostam ùr againn, bidh sibhse ag obrachadh mar fhìor sgioba. Bidh mise a' dealbhachadh clàr-ama dhuibh a h-uile seachdain.' Bha an còignear a' fàs caran an-fhoiseil, bha iad pròiseil mu mar a bha iad a' cumail an raointean fhèin sgiobalta, agus nan robh trioblaid aig duine sam bith bhiodh càch a' toirt cobhair dha sa bhad. Chùm iad sàmhach ge-tà eadhon ged a bha traidisean a' dol a-mach às an uinneig fo an sùilean. Lean an ceannard air.

'A h-uile deireadh seachdain tha dithis agaibh air a bhith a' cumail sùil air na taighean glainne, tha sin mar dhleastanas air a chlàradh san chùmhnant agaibh. Uill sa chùmhnant a tha sin chan eil iomradh sam bith air an latha dheth a tha sibh air bhith faighinn gach Diluain na chois. Bhon t-seachdain a tha romhainn cha bhi latha dheth Diluain ri fhaighinn. A bharrachd air ...'. Bhris aon de na gàirnealairean a-steach air,

'Chan eil mise a' cur suas leis a' chac a tha sin. ' S e amaideas a tha seo,' thuirt fear beag maol a bha sa mheadhan den chòignear.

'Tha mi duilich lain, ach...' Dh'fheuch an ceannard ri rudeigin a ràdh ach bhris lain a-steach a-rithist, bha an dearg chuthach air.

'Duilich, duilich?' Dh'èigh an duine maol. 'Thalla is cac, tha mise a-mach à seo. Gur math a thèid leibh le do bhriogais ghil. Tha eagal ort ro obair agus cha bhi

mise a' dèanamh do chuid.'

'Iain, smaoinich mionaid, dè mu dheidhinn an taigh agaibh? Tha sin an cois na h-obrach ann an seo.' Bha fhios aig a' cheannard gu robh Iain buailteach a bhith lasrach agus gu dìomhair bha e toilichte gu robh e air bhoil. Nan robh e a' faighinn cuidhteas dheth bhiodh sin a' lùghdachadh a' bhuidseit aige.

'B' fheàrr leam taigh-comhairle agus seic-giro,' thionndaidh e agus bhual e an doras gu trom air a rathad a-mach. Thuit aon de na teisteanasan bhon bhalla agus bhris glainne na frèama air an làr.

Bha bus dearg air a' cheannard ach às dèidh diog shochraich e e fhèin.

'A bheil ceist aig duine sam bith eile?'

'Chan eil ceist agamsa ach 's e deagh chothrom a th' ann a bhith ag innse dhut nach bi mi ann Dihaoine,' thuirt Tòmas.

'Tha mi duilich a Thòmais, tha sinn ro thrang an seachdain seo.' Fhreagair an ceannard.

'Uill, cead ann no às tha rudeigin agam a tha do-sheachanta.' Chuala iad càr a' tòiseachadh taobh a-muigh, bha Iain air a shlighe dhachaigh.

'Dè an t-adhbhar a th' agaibh?' Shaoil an ceannard gum b' fheàrr dha a bha striochdadh air a' phuing seo.

'Sa chumantas 's e sin ceist a bu chòir dhut a chur orm fhad 's a bha mi nam aonar ach a dh'innse na firinn tha mi coma. Tha agallamh agam shìos ann an Sussex,' fhreagair Tòmas.

As dèidh na coinneimh bha an sgioba air bhoil ach bha Tòmas coma, bha gràdh aige air an àite ach bha an t-àm air tighinn a bhith ag imrich a-mach. Mura faigheadh e obair aig deas bhiodh rudeigin eile air fàire ann an ùine nach biodh fada.

Bha Pòl air a dhòigh glan. Bha e air a bhith a' coiseachd tro Phàirce Farraline seachad air Charlie's café nuair a mhothaich e dha seacaid dràibhear bus air mullach poca dubh sgudail. Cha robh mòran ceàrr oirre ach sracadh sa phòcaid dheis. Chuir e air i sa bhad. Chòrd e ris gu mòr a bhith a' cluich caractar. Bha e comasach pearsa a thogail dha fhèin agus toirt a chreidsinn air dhaoine eile gum b' e sin an fhìor dhuine a bh' ann. Chùm e air suas Sràid an Acadamaidh agus chaidh e suas gu stèisean nan tràanaichean. Chaidh e a-steach a bhàr. Fhuair e a-mach a Phorterfield o chionn trì làithean agus gu ruige seo bha e a' dèanamh math, cha robh eagal air ro phrìosan ach leis an deagh aimsir bha e airson cumail fada bho chùisean ro mhì-laghail. Bha e làn dùil na fèisean ciùil fhaicinn am-bliadhna, gu h-àraidh Glastonbury agus beagan siubhail a dhèanamh mu cuairt iar-dheas Shasainn am measg feadhainn den 'Convoy' no am bad dheth a bha fhathast ann agus nach deach a phronnadh leis a' phoileas ann an 'achadh nam pònairean'. B' e duine mòr a bh' ann am Pòl agus leis a' bhiadh agus fois a fhuair e taobh a-staigh nam ballachan àrda bha coltais tapaidh agus slàn air. Ghabh e pinnt agus thug e sùil air na daoine a bha a' cur seachad ùine eadar tràanaichean no ge b' e dè eile a thachradh dhaibh na b' anmoiche san latha. Chuala e beagan Gearmailtis faisg air làimh agus cànan eile nach cuala e a riamh roimhe. Smaoinich e gur robh a h-uile càil a' tighinn beò a-rithist le luchd-turais a' nochdadh sa Ghàidhealtachd. Bhiodh beagan a bharrachd a' tachairt agus b' e deagh àm a bh' ann gus a bhith saor. Thug e sùil air an telebhisean os cionn a' bhàir, bha cuideigin air na naidheachdan a-mach air Chernobyl. Bha Pòl taingeil gu robh e ann am Porterfield nuair a thuit an t-uisge an t-seachdain seo chaidh, chuala e air an rèidio neach naidheachd a-mach air ciamar a bha sgòth mhòr rèidio-beò a' tighinn a-nall.

Gu ruige seo tha a h-uile càil a bha sin air a bhith mar phàirt de na filmichean mòra tubaisteach no ficsean-saidheans dha ach nach tuirt an duine sin air aithris na h-aimsir air rèidio 2 nach bu chòir dhut a dhol a-mach a-nochd. 'Bidh an t-uisge caran radioactive.' Agus bha e bog fliuch an oidhche ud cuideachd, bha Pòl air a bhith ag èisteachd ris nuair a bha e a' bualadh air a' phrìosan, a' meòrachadh dìreach dè cho duilich 's a bhiodh cùisean. Am biodh a h-uile duine a' dol às an rathad le aillse aig cheann thall sia mìosan? Cha robh earbsa aig Pòl sna h-ùghdarrasan, bha eagal air airson an àm ri teachd ach cho fad 's a bha pinnt na

làimh cha robh cùisean cho dona ri sin.

Sheall e air dithis bhana-Gearmailteach, bha pocannan-droma aca agus chunnaic e teanta. 'An robh iadsan a-muigh san uisge an t-seachdain seo chaidh,' shaoil e. Cha do mhothaich e sa chiad dol a-mach ach bha smùid orra agus bha iad air tòiseachadh a' trod. Bha tè aca na b' aosta agus bha fearg na guth agus bha i a' gearain gu mòr air rudeigin. Ged nach robh Pòl a' tuigsinn facal den chànan aca bha e follaiseach gur robh an tè aosta a' cur coire air an tè eile air adhbhar air choreigin.

'Dè a tha ceàrr ann an seo?' Dh'fhaighnich Pòl dha fhèin, an robh ise air a bhith airson a dhol gu Thailand an àite Alba. Dè na tha iad ag ràdh? 'Thuir mi riut, thuir mi riut...gum biodh radiation ann, cha do dh'èist thu rium. Uill 's e seo an turas mu dheireadh a bhios mise a' dol air saor-làithean còmhla riut, faodaidh tu a bhith cinnteach à sin.'

'An robh latha trang agaibh,' thuir an tè-fhrithéalaidh.

Thionndaidh Pòl agus thuig e gur ann ceangailte ri a sheacaid ùr a bha a' cheist ud.' Bha boireannach mu deich air fhichead bhliadhna a dh' aois a' coimhead air.

'Uill cha robh trioblaid sam bith agam gus an do bhuail mi trìuir baidhsagalairean taobh a-muigh Druim na Drochaid. Cha robh teans sam bith agam, bha agam ri cailleach agus a Labrador seoclaid aice a sheachnadh, 's toil leam na Labradors, an toil leibhse iad?'

'Chan eil cù agam, 's toil leam iad ach 's e lobhta a th' agam, chan eil cù ceadaichte gu mì-fhortanach.' Shaoil i gur e freagairt neònach a thug e dhi ach smaoinich i gu robh a h-uile coltais ann gu robh an duine bochd fhathast fo bhuidh na tubaist.' Ciamar a tha na bhaidhsagalairean?'

'Tha mi dìreach air tighinn bhon Raigmore,' bha mi airson faighinn a-mach ach nuair a chaidh mi a-steach dhan uàird, thilg fear aca a chlogaid orm. Bhuail taobh mo chinn e. An do dh' fhàg e comharradh?' Thomh e dhi taobh clì a chinn.

Chrom i tarsainn air a' bhàr gus sùil a thoirt far an robh corrag Phòil. Nuair a bha an sùilean faisg air a chèile rinn Pòl fiamh-ghàire rithe . Chuir sin an cèill beagan dealain eatarra. 'Na gabh dragh, tha thusa ceart gu leòr a bhalaich.' Ghluais i air ais gu slaodach, fhathast ga coimhead le dlùth aire.

'Dè tha thusa a' dèanamh nuair a tha do chuid obrach seachad,' bha Pòl dàna mar a b' àbhaist dha.

‘ ‘S bochd nach do dh’fhaighnich thu sin dhìom an-dè. Bidh mise a’ dol a-mach le mo chàirdean a-nochd.’

‘Tha sin ceart gu leòr, cha robh ann an siud ach smuain,’ chuir Pòl roimhe gun rachadh e air a shochair a-nis. Bha e cinnteach gu robh ùidh aice ann agus bha e den bheachd gur e tè meadhanach àlainn a bh’ innte agus chuireadh e an gnothach air a liosta de phròiseactan. An uair sin nochd fìor ùpraid eadar an dithis Gearmailteach

Bha an tè a b’ aosta air a chasan agus ag èigheachd àrd a clagainn agus a’ luaisgeadh a gàirdeanan ann an dòigh a bha gu math cunnartach dhan fheadhainn a bha faisg air làimh. Bhuail i pinnt air an ath bhòrd agus dhòirt an leann air sgiorta boireannaich à Obar Dheathain. Dh’ èirich ise gu a casan agus fhuair an Gearmailteach dubh chàineadh. Ann an ùine nach robh fada, fhuair beairteas Albais Obar Dheathain làmh an uachdair air a’ chànan eile. Chuir an Gearmailteach a b’ aosta a poca-droma oirre agus theich i agus am boireannach o Obar Dheathain às a dheth. Bha an tè eile fhathast na suidhe agus a’ caoineadh gu trom. Chaidh an tè-fhrithéalaidh a -nall gus cùisean a chur air dòigh.

Thòisich Pòl a’ seinn gu sàmhach ris fhèin òran air an robh e eòlach,

‘And rain keeps failing like helpless tears,

And what have they done to the rain?’

Gnog Crisdean air doras a' mhansa agus rinn e gàire ri Eilidh a cho-obraiche ach cha do fhreagair i. Cha robh e dòigheil idir, b' e sin a' chiad turas a dh' obraich e le Eilidh agus cha robh iad a' faighinn air adhart le chèile. A-raoir bha e air a bhith ri fealla-dhà nuair a thuir e rithe gum biodh e math airson luchd-rannsachaidh cuplachadh fhaighinn le chèile mus do thoisich iad a' ghnothaich a chur an gnìomh. Bha daonnan teans ann, shaoil e aig an àm ach bha e ro dhàna. B' e tèile a mhol sin dha nuair a chaidh fhadhad leis a' bhuidhinn naidheachd agus bha ise dèonach sin a dhèanamh. Thug sin deagh bhuaidh air cùisean, leis a' choltas a bha orra mar chàraid fhuair iad a-steach 'an toll-dubh' a bh' aig ceannard buidheann-carthannais. Chuir iad na glasan-làimhe air agus thog iad na dealbhan. Bha aig an duine bochd ri bhith feitheamh gus an deireadh-sheachdain airson e fhèin fhaicinn na ghloir air a' phrìomh dhuilleig.

Bha aithreachas a-nis air gu robh e ri fealla-dhà a-raoir. Bha astar eadarra, cha robh coltas fìor air an dithis aca. Chaidh a' chiad phàirt den choinneimh gu math agus bha am ministear agus a bhean a' creidsinn na sgeulachd a bh' aca. B' e sin ri ràdh gur e càraid às na crìochan a bh' annta agus bha aca ri a bhith uabhasach fhèin faiceallach a thaobh a' 'chur-seachad' a bh' aca. Ghluais an còmhradh air adhart gu math ach gu ruige seo cha robh ach leth-fhacal a bh' ann. Bha làn-fhios air Crisdean nach rachadh an neach-deasachaidh toilichte leis a sin. Bha Crisdean na shuidhe mu choinneamh bean a' mhinistear. Dh'fhosgail i a chasan beagan fhad 's a bha an duine aige a' bruidhinn mu cuairt a' chuspair. Thug i sùil air Crisdean agus dh'fhosgail i am putain na b' àirde air a' bhlobhsa agus bha cànan a bhodhaig a' daingneachadh fada a bharrachd na briathran a cèile. 'S e boireannach tarraingeach a bh' innte le falt bàn fada agus cìochan mòra. Nuair a thigeadh an t-àm gus a leisgeulan a dhèanamh gu dearbh bhiodh aithreachas air Crisdean. An turas seo chòrdadh e gu mòr a bhith na fìor 'luasgadhar' an àite a bhith lorg gu leòr fiosrachadh a chuireadh ciont air targaid air choireigin a' phàipear-naidheachd. Mhothaich am ministear an dealain a bha eadar a bhean agus Crisdean agus choimhead e oirre le coltais a bha a' toirt cead dhi. An uair sin dh' fhaighneachd Eilidh càit an robh an taigh beag.

'Cac', smaoinich Chrìsdean. Chunnaic e atharrachadh air aodainn bhean a' mhinistear. Dh'fheuch e ris a' chòmhradh a chumail a' dol fhad 's a bha am ministear a' sealltainn do Eilidh far an robh an taigh beag ach bh 'ann a' leantainn

a cèile a-mach às an t-seòmar a bha a sùilean. Thill e agus thairg e barrachd tì don aoigh aige. Thòisich e bruidhinn ann an dòigh fada a bharrachd na bu fhoirmeil agus bha e a-mach air bochdainn ann an Inbhir Nis. Bha Crìsdean a' beachdachadh am biodh dòigh idir faighinn a-mach às an staing a bha seo. Chaidh cùisean na bu mhiosa buileach nuair a thill Eilidh, thuit an teip-chlàradair a-mach as an t-seacaid aice.

Sheas am ministear agus thuir e riutha , ' 'S e deagh chothrom a th' agaibh a-nis ur leisgeulan a dhèanamh agus ur casan a thogail às. Nach ann mar sin a tha ur leithid a' sgrìobhadh sna pàipearan drabastachd agaibh? A-mach às mo làthair. Cha bhi fàilte air ur leithidibh ann an seo. Chan urrainn dhomh amadain fhulang san taigh seo.'

Taobh a-muigh thug e trod do Eilidh, Bha trì mìosan de h-obair ann an siud. Chaidh a h-uile càil a-mach às an uinneig sa bhad. Cha tèid sinn faisg air a' chearcall a th' aca a-nis.

'Tha mi duillich,' thuir Eilidh, ' smaoinich mi nach robh an teip ag obrachadh gu ceart.

'Saoilidh mi gum b'fheàrr dhut obair eile a lorg. Aon rud a dh'fhaodadh tu a bhith cinnteach às. Ma bhios fhathast obair agad nuair a dh'innseas mi a h-uile càil a bha seo dhan neach-deasachaidh, bidh mise a' dhiùltadh obair sam bith a bhios thusa ceangailte ris.'

Cha do fhreagair Eilidh agus choisich iad gu sàmhach dhan chàr. Nuair a dh'fhosgail e doras a chàir thuir Eilidh:

'Am faod mi mo bhaga fhaighinn, tillidh mi gu Ghlaschu air an trèana, chan eil mi airson a bhith nam shuidhe ri do thaobh fad an t-siubhail sìos an rathad. Gabhaidh mise an trèana.' Bha a cainnt modhail ach bha a bilean air chrith leis an fheirg agus a' ghràin a bha falaichte air an cùlaibh.

'Nach buidhe dhòmhsa, bidh mise a' fuireach aig an taigh-òsta a-nochd co-dhiù,' dh'èigh eagus chaidh e don chiste. Thog e am baga agus thill e ga h-ionnsaigh.

Dràibh e a-mach a Inbhir Nis. Bha an cuthach air agus bha e làn cinnt gu robh a dhreuchd mar fear-naidheachd drabastachd a' dol sìos gu mòr. Mean air mhean bha a chliu a' dol a-mach à sealladh.

Cheannaich Pòl pacaid Rizlas agus chuir e aghaidh ris an trèana. Chòrd e ris gu mòr gun robh e fhathast tarraingeach, uill uaireannan tarraingeach dha na boireannaich. 'Poitear agus pot-head a th' anam-sa, tha mi fhathast àlainn,' bha a chuid smaointinn a' toirt gàire air a bhus. 'Tha coltas ann nach bi ise feargach nuair a gheibh i a-mach nach e dràibhear bus a th' annam.'

Fhuair Eirdsidh a-steach den multi-storey gu math furasta, cha robh aige ach a dhol suas dhan treas ìre. Chaidh e sìos an staidhre agus cha robh e a' tuigsinn idir carson nach d' rinn na h-ùghdarrasan barrachd spàirn gus an t-àite a chumail glan. Cha mhòr nach robh fàileadh mùin ri fhaighinn sa h-uile multi-storey air feadh na dùthcha. Carson nach robh a' bhean-phòsta Thatcher sin a' gabhail os làimh.

'An dèidh dhuinn sgrios a dhèanamh air mèinnearan, a-nis cuiridh sin às don fheadhainn a tha a' dèanamh mùn sna multi-storeys. Faodaidh sibh a bhith cinnteach gum bi na trioblaidean a tha sin aig teas mheadhan a h-uile oidhirp a nì mi fhèin agus an riaghaltas agam. Thug sibh mandate dhuinn agus cuiridh mise ur miannan an gnìomh.' Bha dealbh den bhoireannach iarainn aig cùl inntinn leis an t-sluagh a' seinn Ierusalem agus brataichean beaga an aonaidh sna làmhnan agus rinn e gàire ris fhèin. Air a shlighe a dh'oifis an neach-lagha chaidh e seachad air dithis bhoireannach a bha a' trod, uill bha tè aca, air an robh coltas neach-turais, a' feuchainn ri trod ach cha robh i a' dèanamh math an aghaidh na tèile, tè a bha na bu shine. Bha boireannach fiadhaich à Obar Dheathain ag iarraidh fichead not air adhbhar air choreigin. Ghlac an gnothach aire dà phoileas agus bha iad a' dèanamh orra agus bu mhath gu robh, thog an tè na bu shine a dòrn ri bus an neach-turais. Bha cus cabhag air gus a bhith a' bodraigeadh leotha, nan abradh e dad bha a h-uile coltas ann gum biodh an dithis aca ga phronnadh agus co-dhiù bha am poileas a' gabhail gnothach riutha. B' ann mar sin a bha cùisean buailteach a bhith a h-uile turas a bha e a' tighinn eadar dithis a bha a' trod. B' ann airson stad a chur air a leithid de shuidheachadh a bha a bhean gu math soirbheachail, bha tàlant aice nach robh aige a thaobh sin.

Thàinig Eirdsidh a-mach às a' choinneimh ann an fìor dheagh shunnd. Bhiodh e faighinn às air beag prìs. Bidh prìs eile aig Sùsaidh. Bhiodh e caran tàmailteach air a son bha e cinnteach às ach cha robh fhios aige dìreach cho doirbh 's a bhiodh cùisean dhi. An robh gràdh aice air? Cha robh e gu mòran feum a bhith a' bodraigeadh ri sin a-nis ge-tà. Thug e a chuid òrdughan dhan neach lagha agus b' ann mar sin a bhiodh cùisean gan thoirt gu crìch. Cha bhiodh cosg a h-uile càil a' dèanamh sìon a chron air an airgead-tasgaidh a bh' aige. Bhiodh e a' cur crìoch air cùisean ann an dòigh a bhiodh cianail fhèin cruaidh ach às a dhèidh bhiodh beatha eile aig Sùsaidh agus cothrom eile dha fhèin a shlighe fhèin a lorg leis na bha air fhàgail den t-saoghal aige. Dè a dhèanadh a bhean nuair a chluinneadh i gun do thog e a chasan às. Cha robh e cinnteach ach bha làn fhios aige gu robh ise pòsta ris an taigh-òsta a-nis. Ma dh'fhaodhte nach biodh e a' cur sìon a dhragh oirre.

Chaidh Pòl a-steach dhan tràna agus lorg e roinn a bha falamh. Bu toigh leis na seann charbadan le na sia suidheachain. Bha e fada na bu chofhurtail anns a leithid agus ged nach robh e airson a bhith ga aideachadh b' e duine caran seann fhasanta a bh' ann ach eadhon le na carbadan snasail ùra b' fheàrr leis a bhith a' siubhal air tràna. Dh'fhosgail e crogan leann ubhail agus choimhead e tarsainn an uinneig air an fheadhainn a bha fhathast a' tighinn air bhòrd na tràna. Chaidh an tè à Obar Dheathain seachad le smal fliuch fhathast air a' chuid a bu mhotha de bheulaibh na sgiorta phinc aice. Bha i fhathast a' gearain mar bheinn-teine a' dòrtadh làbha. B' e duine beag reamhar a bh' anns an duine aice agus bha e a' giùlain dà mhàileid throm agus бага air a dhruim. Bha e a' sruthadh fallais fhad 's a bha e feuchainn ri chumail suas leis a chèile. Fhuair iad a-steach agus an dèidh greis chuala Pòl feadag agus ghluais an tràna a-mach à Inbhir Nis. Thàinig dithis a-steach dhan roinn agus chuir sin dragh air Pòl, bha dùil aige a bhith a' gabhail an leanna ubhail agus a' coimhead nan seallaidhean gun duine sam bith eile a' cur dragh air. B' e càraid measail meadhan-aoise a bh' ann. Bha iad air a bhith air splaoid ceannaich ann am Bùth-mhòr Taigh nam Frisealach, cha mhòr nach do lìon iad an roinn le na bh' aca de phocannan.

'Feasgar math,' thuirt am boireannach.

'Nach robh rùm gu leòr sa phrìomh chlas,' thuirt Pòl ann an guth bùirdeasach a bha air leth buaireasach dhan boireannach.

'Cha robh sa chiad charbad gu mì-fhortanach agus chan urrainn dhomh a bhith a' bodraigeadh le a bhith a' dol nas fhaide,' thuirt i agus ghnog a chèile a cheann mar dhaingneachadh. Cha robh sgot aca gu robh Pòl ri ìronas.

'Chan eil rèile Bhreatainn mar a bha e, a bheil?' Thuirt Pòl agus an uair sin thug e sùil eile air an Linne Mhoireibh agus air an Eilean Dubh air a cùlaibh. Bha dùil aige gum biodh iad sàmhach ach lean am boireannach oirre.

'S e dràibhear bus a th' annaibh, a bheil thusa a' dol dhachaigh?' Dh'fhaighnich i dheth.

Bha Pòl an ìmpis an t-uirsgeul mu dheidhinn baidhsagal innse dhaibh ach thàinig smuain eile gu bàrr. 'Chan eil idir, bidh mise a' dol a chèilidh air caraid, gheibh mi pinnt agus an uair sin air ais gu Inbhir Nis, bidh mise a' dràibheadh a' bhus gu Lunnainn aig fichead mionaid gu meadhan oidhche. Chuir e an crogan gu a bhilean agus shluig e. 'S e obair cruaidh a th' ann ach tha agam ri cumail a' dol.'

Rinn e brùchd agus dh'fheith e airson faighinn a-mach ciamar a ghabhadh iad ris. Cha leigeadh tu a leas a bhith nad Hercule Poirot airson a bhith tuigsinn gu robh ceangail an seo eadar dràibhear bus agus a chomasan fo smùid ann am bus a bha e an dùil a dhràibheadh gu Lunnainn. Rinn a' chàraid math, cha robh coltas uabhais orra idir. Chùm am boireannach sàmhach airson greis agus an uair sin thòisich i a rithist.

'Dè cho fad 's a tha sibh air a bhith ri sin?'

'Trì mìosan a-màireach,' thuir Pòl.

'Agus dè rinn thu roimhe sin?' Bha am boireannach airson tuilleadh fiosrachadh fhaighinn a-mach, dh'fhònadh i na poileis cho luath 's a ghabhadh nuair a dh'fhalbhadh an trèana.

Rinn Pòl osna agus an uair sin thòisich e ag innse bhreugan eile. 'Bha mise a' fuireach ann an Grianraig, 'S e manaidsear banca a bh' annamsa shìos an sin. Bha trioblaidean mòra nearbhasach agam. Thòisich e an latha a dh' fhalbh mo bhean le bana-phoileas, cha robh càil a dh'fhios agam gu robh ise air a' bhus eile. Smaoinich mise gu robh mise a' dèanamh a h-uile càil mar bu chòir, fhios agad? Nas miosa buileach, bha ise trom aig an àm. Tha mo chèile fhathast shìos an sin, a' fuireach leis a' bhana-phoileas. Chan eil cothrom agam mo bhalach bheag fhaicinn idir, idir. Tha e cianail, dìreach cianail, ach tha agam ri cumail a' dol.' B' e cleasaiche air leth a bh' ann am Pòl agus bha am boireannach a' creidsinn a h-uile facal.

Bha co-fhaireachdainn aig a' bhoireannach gun teagamh ach cha chuireadh sin bacadh oirre a thaobh fònadh. Bha sàbhailteachd a' mhòr shluaigh fada na bu chudromaich dhi na trioblaidean pearsanta an duine bho chd seo. 'Am faca tu fear-lagha?' Dh'fhaighnich i.

'Chunnaic, ach cha robh cothrom agam idir. B' e bana-phoileas a th' innte nach b' e? Cha bhi duine sam bith gam chreidsinn nan aghaidh. Mar a thuir mi, tha agam ri cumail a' dol. Feumaidh obair a bhith agam. Aon latha bidh mo mhac a' faighinn a-mach gu bheil athair aige agus bidh mise deiseil nuair a thig an latha ud. Tha mi duilich, 's e sgeulachd uabhasach a th' ann, nach e?' Ghabh Pòl balgam eile.

'Na ghabh dragh, na ghabh dragh, bidh a h-uile càil ceart gu leòr aig a' cheann thall, tha mi cinnteach às. Tha an Slànaighear còmhla rinn a h-uile mionaid de a h-uile latha. Bheir e fuasgladh dhuibh.' Bha i a' tuigsinn a-nis, bha Dia ag iarraidh

oirre fòn a chur gu na poileis agus an uair sin chuireadh e ceart beatha an truaghain seo.

‘Tapadh leibh, tha na facail agaibh a’ toirt taic agus cofhurtachd dhomh.’ Thàinig fiamh-ghàire bheag air a choltas dhorainneach. ‘Tha sibhse ceart, tha mise an làmhnan Dhè.

Bha an A9 a' cur dragh air Gillian, cha b' urrainn dhi faighinn seachad air na làraidhean agus cha b' urrainn dhi a' dol na bu luaithe na 45 san uair bho Pheairt a-mach. Na bu mhiosa buileach, bha i air a cassettes ciùil a b' fheàrr leatha fhàgail sa lobhta ann an Dùn Èideann agus cha robh an rèidio ag obair gu math shuas an seo. Thachair i air beagan deasbaid air rèidio 4 a bha dìreach eagalach. Bha iad a-mach air Chernobyl. Bha an tachartas ud dìreach seachad air creidsinn. Nach robh na buidhnean àrainneachd air a bhith a' toirt rabhadh air cumhachd niuclasach o chionn fhada ach cha robh duine sam bith air a bhith ag èisteachd riutha. Ann an 1978 ghabh i pàirt ann an mèarrs còmhla ri ceithir mìle neach-fianais eile bho Diuranais gu làrach Torness. Cha deach ise a-steach dhan dearbh àite far am biodh an togalach ach chaidh mòran ann agus bha bùrach mhòr ann. Chaidh an togalach a thogail co-dhiù agus cha mhòr nach robh e gu bhith deiseil. Bha i taingeil gur ann an Ruis a bha an tubaist agus nach b' ann an Torness, bhiodh muinntir Dùn Èideann agus Glaschu a' lorg àiteachan fuirich eile a-nis nan robh e air tachairt ann an seo. Cha robh i air a bhith gu mòr an sàs san iomairt an aghaidh cumhachd niuclasach bhon uair sin ge-tà, chaidh i gu feadhainn de na choinneamhan ach bu bheag oirre an seòrsa gnìomhan a bha os cionn na h-iomairt. Chuir e dragh oirre dìreach cho macho 's a bha iad fhad 's a bha iad a' toirt a chreidsinn gur e coimhearsnachd eadar-dhealaichte air an robh iad ag amas. Bha adhbhar eile cuideachd, bha i air a bhith ann an trom ghaol le fear aca. Daibhidh, bha e daonnan air falbh bho Dùn Èideann aig coinneamhan nàiseanta agus eadar-nàiseanta no shìos aig Torness le na dìcheallaich eile. Ochd mìosan, bha e air fuirich san lobhta aice, uill bha sin ri ràdh gun do dh' fhàg e a chuid aodaich san lobhta. Rinn ise a chuid nigheadaireachd, bheathaich i e, thug i iasad as dèidh iasaid airgid dha. Aon latha thàinig i dhachaigh tràth agus fhuair i Daibhidh an sàs ann an tè eile. Le sgian àrain na làimh fhuair e cuidhteas den coimhearsnachd eadar-dhealaichte. Bha Daibhidh shìos an t-sràid, a bhodhaig air a phasgadh ann an siota geal, coltais truagh aithreach air. Bha a chompanach na b' fhortanaiche, mus do theich i fhuair i greim air a Jeans ach bha aice a ghàirdean a chur air a cìochan. Bha e a' guidhe air Gillian a bhith reusanta. 'Reusanta, amadan, tha mi air a bhith reusanta, tha thusa fhathast beò.' Agus an uair sin thòisich i a' tilgeil a-mach a fhaidhlichean agus a chuid leabhraichean agus litreachas. Thuit an stuth bu thruime bhon cheathramh làr ach bha pàipearan

eile air fleòdradh gu slaodach air an oiteag mar confetti. An uair sin thòisich aodach a' tuiteam gun t-sràid ach rinn i beagan obrach orra le siosaran mus do thuit iad. Thuit fras leantailean agus laigh mòran dhiubh air falt dubh fada Daibhidh. Bha sluagh mòr a-nis air taobh thall an rathaid ga brosnachadh a h-uile turas a thilg i bad aodaich a-mach agus bha iad sunndach ann a bhith èisteachd leis an òraid shiùbhilach phongail a libhrig i. 'S gann gun deach comasan mealltach adhaltranach am mìneachadh ann an leithid de shuidheachadh. Thuig Daibhidh nach biodh e gu mòran feum dha fuireach far an robh e agus dh'fhalbh e aig an dearbh mionaid a thoisich Gillian coltas a dhèanamh eadar meud a bhod agus a mhiann-adhartais poilitigeach. Bha aig Daibhidh agus a leannan ùr mìle gu leth tarsainn Dùn Èideann a choisich, 's e astar mòr a bh' ann nuair a bha feum agaibh ann do cìochan a chumail am falach le do ghàirdean. Thug sin cothrom dhan tè leth-rùisgte a co-dhùnadh fhèin a ruigsinn.

Nuair a ràinig i an lobht aice, chaidh e a-steach gu luath agus dhùin i an doras air Daibhidh. Bhuail an doras a shròn gu trom. Chuala Gillian sin na b' anmoiche.

Chuir na cuimhneachain ud ann an deagh shunnd i. Chuala i o chionn ghoirid gu robh Daibhidh a-nis shìos ann an Lunnainn ag obrachadh airson a' phàrtaidh Làbaraich. Bha an A9 fhathast trang ach bhiodh i ga fhàgail aig an t-Aghaidh Mhòr agus cha robh sin fada às. Dh'fheuch i an rèidio turas eile, bha e ag obair a-nis.

'Seo òran air am bi sibh uile eòlach, chaidh e gu àireamh a h-aon ann an 69 ach a-nis taing dhan sanas reic jeans tha i air tilleadh. Sin agaibh Marvin Gaye agus I heard it on the grapevine...'

Bha Crìsdean air a bhith a' togail dhealbhan fad an latha, air a bhith dràibheadh gun amas fo àite gu àite. Chòrd e ris gu mòr a bhith a' coimhead air seallaidhean agus a' glacadh rudeigin dhiubh. Cha robh sin a' pàigheadh mòran airgid ge-tà agus air sgàth sin a bha e ag obrachadh air a cheann fhèin airson na buidhne pàipear-naidheachd, buidheann aig an robh ùidh sa h-uile càil salach agus drabastach a bha a' dol air adhart san dùthaich. Mar bu mhotha a bha an sgainneal, b' ann bu làidire 's a bha an diomb ionracas meallta a bh' aca. Dhàsan b' e soirceas a bh' ann ach bha e a' toirt a-steach deagh airgead dha nuair a bha cùisean ag obrachadh a-mach gu math. Agus biodh an t-airgead a bha siud a' toirt cothrom dha siubhal mu cuairt Alba gus a chur-seachad a' leantainn.

Thachair e air na cùirn Clabhalag. Bha na duilleagan air ùr-nochdadh air na Faidhbhilean agus thug am fàs beag seo coltas gorm air a' chùl-raon ach cha robh cus dheth ann. Bha a' ghrian a' faighinn a-steach agus bha dathan a' chòinnich agus a' chrotail dìreach iongantach nuair a bhuail iad air na clachan. Cha mhòr nach do thog e ceud dealbh. Nuair a bha e deiseil shuidh e air cloich mhòir agus ghabh e toitean. B' fheàrr leis a bhith làn ùine ri seo ach bhiodh aige ri ruith às dèidh grunn sgainnealan fada na bu mhotha mus biodh e comasach sin a dhèanamh.

Taobh thall na cùirn stad tagsaidh agus thàinig dithis às, dithis neach-turais. B' e boireannaich Gearmailteach a bh' annta. Thàinig iad a-steach air a' gheata a' ghiùlain màileadan-droma agus an uair sin thòisich iad a' trod sa Ghearmailtis. Choisich Chrìsdean seachad orra agus cha do mhothaich iad idir dha fhad 's a bha iad a' trod le chèile. Thog e dealbh dhiubh, na h-aodannan aca a' sealltainn dè dìreach cho mì-thoilichte 's a bha iad.

Dh' fhàg Ruadh a charabhan gus coiseach dhan taigh-òsta. B' ann à Fìobha a bha Ruadh, aon de na bailtean mèinnearachd. Fad làithean òige bha e an dùil a bhith leantainn a bhràithrean, athar agus a sheanar dhan toll-guail ach bha a h-uile càil a bha sin seachad. Chuir nighean grosair à siorrachd Lincoln crìoch air a' mhapa a bha sin. Ghabh feallsanachd phoilitigeach eile grèim air an dùthaich agus cha bhiodh àite ann airson nam mèinnearan san t-sealladh a bh' aig a' bhoireannach iarainn. Bha triùir bhràithrean aig Ruadh, Somhairle, Seumas agus Ruaraidh. Bu bheag air Somhairle an stailc ach cha robh e airson a dhol tarsainn loidhne an aonaidh. Nuair a bha e soilleir gum biodh stailc fada ann thug e a casan leis gu deas airson obair eile fhaighinn. As dèidh trì mìosan thill Seumas dhan mhèinn. Chunnaic Ruadh le a shùilean fhèin na breicichean bho na mèinnearan eile a' sileadh air a' bhana a thug a bhràthair thairis air an Rubicon a bha siud. Nuair a bha an stailc seachad thug an NCB tairgse obrach dha shìos ann an Siorrachd Nottingham. Bha athair Ruadh air a nàrachadh leis agus cha b' urrainn dhut iomradh a thoirt air an dàrna mac san taigh aige. Bha Ruaraidh dìleas dhan aonadh gun cheist. Cha d' fhuair e às ach fiachan, sgrios air a phòsadh agus bha aige ris an taigh agus a' chàr aige a reic. Chaidh e ann an lionn-dubh leis a h-uile càil a bh' ann agus a-nis bha e gu trom ris an deoch. Thàinig sgrios air a' choimhearsnachd agus sgaradh eadar teaghlaichean. Phàigh Fìobha prìs a bha sgriosail agus bha e na fhàsach a-nis.

A-nis bha e aig bonn na fàraidh sa ghnìomhachas taigh-òsta ann an àite far an robh goireasan air leth airson nan aoighean. B' e àite mìorbhaileach a bh' ann dhaibhsan, ach bha an luchd-stiùiridh grod, tha fhios aca dè cho dìreach 's a bha cruaidh fheum air leithid Ruadh airson obair fhaighinn. Bha iad air a bhith gan giùlain ann an dòigh a tha maslach. Nam biodh tusa a' bruidhinn mar sin air na sràidean sa bhaile far na rugadh agus na thogadh Ruadh rachadh do phronnadh ann an ùine nach biodh fada. Ach bha Ruadh air deagh naidheachd fhaighinn, bha e air a bhith bruidhinn ri a mhàthair air an fhòn. Bha a bhràthair air a bhith ag obair ann am Pub taobh a deas Shasainn agus bha an taigh-grùide cho toilichte ris agus gun chuir iad os cionn a' phub e nuair a dh' fhalbh fear an taighe. Bha a bràthair air faighneachd dhaibh an robh iad deònach teans a thoirt dha bhràthair a b'òige. Dh'aontaich iad sa bhad agus bhiodh rùm dha san lobhta os cionn a' bhàir. A-nochd bhiodh e ag innse san taigh-òsta gum biodh e a' fàgail Diluain.

Bha coltas ann gum biodh e a' fàgail làrna-mhàireach nam biodh iad suarach ris fad an fheasgair a bha roimhe.

Ged a bha an luchd-stiùiridh a' cur dragh air cha robh e mar sin le muinntir a' bhaile ge-tà. Bha iad buailteach a bhith cho càirdeil 's a ghabhadh nuair a gheibheadh tu beagan eòlais orra. Bha fiù 's leannan aige airson greis ach aig a' cheann thall dh' fhàs i seachd searbh sgìth leis na h-uairean mì-shòisealta a bh' aige. Bha iad fhathast càirdeil ge-tà agus bha Ruadh a' gabhail pinnt le a bràthair nuair a bha cothrom aige. An taca ri àite a bhreith b' e Disneyland a bh' ann. Bha e doirbh a chreidsinn dha gu robh cuid buailteach a bhith gearain gu robh am baile a bha seo a' dol fodha leis a h-uile trioblaid a b' urrainn dhuibh a dhealbhadh. Dhàsan bha cruaidh fheum air beagan ùine a chur seachad ann an cuid de na coimhearsnachdan air an robh e eòlach. 'S e teiripidh-easbaidh' a tha a dhith orra smaoinich e. Chuir e roimhe gun deigheadh e sìos dhan tràigh air a shlighe dhan taigh-òsta. Bhiodh e na b' fhaide dha ach b' e latha brèagha a bh' ann agus co aige bha fios am biodh cothrom eile aige sin a dhèanamh. Bhiodh Ruadh ag ionndrainn an àite, bha e cinnteach às. Nan robh obair eile ri fhaighinn an seo cha bhiodh e a' dol sìos an rathad. Bha e fhathast ann ge-tà agus choisicheadh e tro na rathaidean cumhang dhan chala chun an t-slighe a leanadh gu mullach na tràghad. Chuala e gu robh na leumadairean ri fhaicinn an t-seachdain seo agus smaoinich e gum biodh e math soraidh slàn a leigeil leotha. A' chiad turas a chunnaic e iad b' e latha ceòthach a bh' ann agus bha esan aig ceann a' chidhe. Cha robh dad sam bith ri fhaicinn air a chùlaibh no ann an àird sam bith eile. B' e muir chiùin a bh' ann, gu tur ciùin. Cha do ghluais dad, bha Ruadh na aonar san t-saoghal. An uair sin, gu h-obann leum fear de na creutairean òirdheirc a-mach air an t-uisge deich troighean air a bheulaibh. Bha Ruaidh air a bheò ghlacadh leis, thàinig faireachdainn air air nach robh e eòlach, mòmaid dàimh làidir leis an t-saoghal nàdarra, mòmaid a ghluais a chridhe agus anam. Dh'fhàg e an cidhe an latha ud le rudeigin na bhroinn nach robh ann mus bhuail an leumadair air aignidhean. Bha dragh air ciamar a bha buaidh mac an duine a' cur sgrios air na creutairean eile san t-saoghal. Cha do chruthaich iadsan cumhachd niuclasach, cha do thog iad Chernobyl ach nach biodh iadsan ga fhulaing dìreach san aon dòigh aig a' cheann thall. Ma bha mac an duine a' dol fodha bha a h-uile coltas nach biodh sin gun sgrios air a h-uile càil eile.

An uair a dh'fhalbh an trèan aig Inbhir Narann stad am boireannach de a cuid còmhraidh agus bha beagan ùine aige airson coimhead a-mach air an uinneig mus do ràinig e a bhaile fhèin. Bha e an ìmpis fuireach air an trèana gu Farrais gus caraidean fhaicinn ach bha cunnart nach tilleadh e gus an ath latha ach fhuair e às mar bu choir. A-nis bha Pòl air an t-sràid mhòir, bha feadhainn a' bruidhinn ris agus bha feadhainn ga sheachnadh. B' ann eadar dà bheachd a bha mòran leis, bha Pòl ag aideachadh gum b' e buamastair a bh' ann agus gun robh e ro throm air an deoch agus a' chainb agus bha sin cus air cuid. San àm a chaidh seachad bha e air a bhith ri goid cuideachd agus 's e sin a chuireadh dragh air daoine a bha a' leantainn beatha mheasail ach 's gann a rinn e a leithid sa bhaile fhèin. Cha do ghoid e dad sam bith bho daoine air an robh e eòlach. Bu ghann a nochdadh e sa bhaile co-dhiù, b' ann ann an Lunnainn a bha e e a' cur seachad mòran ùine sna làithean seo seachad air beagan ùine san àite-fuirich ann am Porterfield a thug na h-ùghdarrasan dha. B'e argamaid eadar e fhèin agus neach-bùtha ann am Parsons Green a bu choireach. B' e fichead not a thug e dha, bha Pòl cinnteach às, ach fhuair e iomlaid bho deich notaichean. Thuirt an neach-bùtha gun leig e fios dhan phoileas agus fhreagair Pòl gun dèanadh e ceud not de mhilleadh mus togadh e am fòn..

Rinn Pòl am milleadh cho luath 's a ghabhadh ach gu mì-fhortanach dha bha cus deoch air airson mothachadh gun robh e ann am bùth a bha ri taobh stèisean a' phoileis. Nuair a thog e a chasan às chaidh a ghlacadh le dithis phoileasman a bha tighinn a-steach gus ceapairean a cheannach. Dh' aontaich e ri dà cheud not a phàigheadh dhan phoileas airson faighinn às a' chealla. Cha robh sin na mhòr-triblaid dha, bha bharrachd air ceithir ceud not sa mhàileid-pòca nuair a chaidh a chur an sàs, toradh beagan chainb a reic e. Chuir iad sin air dòigh anns an oifis aca. Bha snodha-gàire mòr mòr air bus an neach-bùtha.

'Nach buidhe dhutsa,' thuirt Pòl ris a' dèanamh dranndan.

'Gabh air do shocair a bhalaich,' thuirt am fear-poileas a bu shine de thriùir a bha an làthair. 'Tha againn rid thilleadh gu na sràidean a-nis,' bha fiamh gàire air agus thuig Pòl nach biodh e a' tilleadh gu na sràidean. Bha fhios aige gum biodh iad a' tarraing às agus a' dèanamh spòrs leis.

'Chan eil agad ach aon trioblaid ge-tà,' thuirt fear-poileas eile.

'Chan eil sgot agam,' thuirt Pòl. Greasaibh oirbh, chan e fiosaiche a th' annam-

sa.'

'Cha do cheannaich sinn do thicead fhathast,' thug am fear a bu shine a' priobadh a shùil ri a dhà chompanach.

'O! ticead gu Madame Tussaud's mas math mo chuimhne,' cha robh Pòl airson sealltainn dhaibh gur e briseadh-dùil dha a bh' ann.

'Bidh thusa air do shlighe gu Inbhir Nis a-màireach leis an duine ghasta seo, Constabal Hawkins.

'Feasgar math,'s math a thachair riut,' thuirt Constabal Hawkins. 'Feumaidh mi mo thaing a thoirt dhut, cha robh mi a riamh tuath air Dùn Èideann. Seo cothrom a bhios ann dhomh sùil a thoirt air na daoine borb eile a tha a' fuireach sa Ghàidhealtachd.'

'A chonstabal Hawkins a ghràidh. Bidh sàr eòlas agam ort às dèidh dà uair deug a thìde ri do thaobh sa phrìomh chlas. Tha aon rud air am bu chòir dhut a bhith eòlach ge-tà? Bha amas aig Pòl an t-suidheachadh a' gabhail os làimh.

'Dè tha sin?'

'Tha am piocas orm,' Ghabh Pòl cothrom gus fiamh-ghàire a dhèanamh.

B' ann mar sin a thill e dhan taobh a tuath. Chaidh e a-steach a bhàr, cha robh mòran a' tachairt bha e ro thràth agus thionndaidh e air a shàilean. Cha robh Pol airson airgead a chaitheamh taobh a-staigh bàr sam bith anns nach robh dad sam bith inntinneach a' dol air adhart. B' e leth uair an dè ceithir a bh' ann, cha bhiodh e fada gus am biodh cùisean na bu trainge. Suas an t-sràid bha an t-aon shuidheachadh ri fhaighinn anns na bàraichean eile. Chuir e roimhe gun toireadh e sùil air an abhainn.

Bha Gillian eòlach air an sgìre seo agus nuair a chunnaic i loch fada fada air a taobh chli chaidh a nàdar bras gu bàrr agus thionndaidh i an càr. Nuair a bha i òg chuireadh a teaghlach seachad mòran den t-samhradh san sgìre seo. Bha a h-athair air cothrom a ghabhail seann taigh forsair a cheannach ann an Strath Spè agus ged a bha seallaidhean brèagha gu pailt shìos an sin b' ann an seo a bhith e daonnan a' tilleadh gach turas a bha e anns an taobh a tuath. Stad i an car agus choisich i a-null gu oir an locha. Dhùin i a sùilean agus smaoinich i air na cuirmean-cnuic a bha na cuimhne. A h-athair air a dhòigh ghlan fada air falbh bhon chathair-bhaile agus a chuid obrach a bha a' cur eallach air a chridhe lag. Bha ìomhaigh aice de bhrìc a ghlac a h-athair, na laighe air clach mhòr sa ghrèin. Cha mhòr nach robh fàileadh dheth air an oiteig a bha tighinn às an locha seachad air tobhta a' chaisteil a bha beagan a mach bho oir taobh a deas an locha. Bha a cuimhneachain a' sruthadh a-nis, aon bhliadhna chaidh iad suas dhan taigh aig àm Nollaig. B' e latha cho fuar ris a' phuinnsean a bh' ann ach bha a' ghrian a' deàrrsadh. Bha deigh thiugh thiugh ann agus choisich iad a-mach dhan eilean agus rinn iad rannsachadh air an tobhta a bha san t-seann aimsir na dhachaigh dhan fear ris an canar Alasdair Mòr mac an rìgh. Bha athair Gillian ag innse sgeulachdan mu dheidhinn an ama a bha sin nuair a bha an sgìre fo tighearnas an duine uilc ud.

Thàinig an leanabas eireachdail a bha siud gu crìoch nuair a dh'fhuiling a h-athair grèim-cridhe. Bha aig a màthair ris an taigh ann an coille Gleann Feshie a reic. Agus aig a' cheann thall ghluais iad a-mach à Morningside gu taigh na bu lugha ann an Dùn Èideann. Chan fhaca iad sgeul de dhuine sam bith a bha ceangailte ris a' chompanaidh in-mhalairt far na dh'obraich a h-athair. Chaidh an trèigeadh mar gun robh iad ga dhubhadh a-mach air an t-saoghal a bha aig na gnìomhachasan a bha fhathast beò. Bhiodh daoine a chleachd a bhith a' tighinn a chèilidh orra san taigh shuas ann an Srath Spè as t-samhradh gan seachnadh mar galar gabhaltach. Dh'fheuch i ri seallaidhean brèagha a h-athar a chumail beò mionaid na dhà eile na smuaintean ach ann am prioba sùla thill i dhan t-saoghal as dèidh Chernobyl agus am fear a bhiodh a' feitheimh oirre ann an aon de na bailtean beaga a bha nan laighe air oir linne Mhoireibh. Shuidh i air clach mhòr agus thug i pacaid toitean às a pòcaid.

Bha Mìcheal fo iomagain. Chaidh e gu deasg fàilte aig an taigh-òsta agus thuirt e ri Ruadh a bha air tòiseachadh a shioft, 'Tha e uabhasach fhèin cudromach gum faigh A' Mhaighdeann Gillian NicCòrcadail an litir seo. Thig i ro leth uair an dèidh còig.' Thug e còig notaichean dha Ruadh agus an uair sin thill e dhan bhàr far an robh neach gnothaich air an robh e eòlach bhon Rotary Dùn Èideann a' frithealadh pòsadh nighean a bhràthar. Cha robh dòigh sam bith a bhith ga sheachnadh gun amharas a chur air. Cha cuireadh e iongnadh air duine sam bith a b' aithne dha fhaicinn ann an taigh-òsta a bha an roinn ghnìomhachais aige air ùr-cheannach ach nan robh iad air fhaicinn le Gillian bhiodh sin ro chunnartach. Cha b' fhiach e, aig a' cheann thall cha robh ann an Gillian ach boireannach a bha a' lorg beagan spors, nach e. Gu mì-fhortanach cha b' e dùthaich mhòr a bh' ann an Alba. Bha làn fhios aig a mhnaoi gu robh e ris adhaltranas ach cha robh am peacadh ud seachad oirre na bu mhotha. Ach bha riaghailtean eatarra agus cha bhiodh e taobh a-staigh nan riaghailtean ud nan robh naidheachdan den leithid a' dol mu cuairt nan cearcallan aca. Bha e cinnteach ge-tà gum biodh Gillian a' tuigsinn ciamar a bh' aca ris a' ghèam a chluich. Nach robh ise a' faighinn fàilte 's fuaran ann am feadhainn de na taighean òsta bu spaideile san rìoghachd agus cha robh aice ach a bhith ga leigeil a-steach a drathairs.

Bha Pòl shìos aig an linne a b' fheàrr leis a' gabhail grèim air stob craoibh fheàrna fhad 's a bha e a' coimhead san uisge. Cha robh mòran ann an-diugh. Bha an stob tioram agus shuidh e sìos agus rinn e joint, bha pìos dubh Afghan aige. Uill, 's e sin ri ràdh gur e sin an t-ainm a bh' air an neach reic ach bha a h-uile coltas ann gun tàinig e bhon cheàrn sin den t-saoghal. 'S e cainb gu math làidir a bh' ann agus cha robh feum air mòran taobh a-staigh gach joint.

'B' fhiach e,' smaoinich e, bha gathan na grèine a' tighinn tro na craobhan feàrna a bha fhathast lom. Cha bhiodh iadsan a' toirt aire dhan teas a bh' ann mar a bha gnèithean eile de chraobhan, bha clàr-ama aca fhèin agus cha bhiodh an deagh aimsir a' cur brosnachadh sam bith orra.. Gu h-obann dh'èirich corra-ghritheach. Shaoil Pòl gun do chuir e dragh oirre agus leis an sin bha co-fhaireachdainn aige rithe. Bha fios aige dè cho foighidneach 's a tha na h-eòin seo agus gu tric gum biodh aca ri falbh bho na h-àiteachan iasgaich aca nuair a dhlùthaicheadh cuideigin orra. Cha deach i fada ge-tà, dh'itealaich i taobh thall na h-aibhne agus

laigh i air àite ìosal gainmheil. Bha rudeigin na gob agus shaoil Pòl gur e iasg a bh' ann ach bha e ceàrr. Fhuair an creutair a-mach às a gob agus mhothaich e gur e easgann a bh' ann. Bha an t-easgann bochd a' dèanamh a dhìcheall agus abair gun do rinn e strì. Ghabh an t-eun grèim air a-rithist agus bha an t-easgann a' crochadh bho gob na bèist mhòir agus aig a' char as lugha 's e troigh a dh' fhad a bh' innte. Thuit i gun làr grunn tursan ach cha robh fìor theans aig an easgann bha i a-mach às an uisge agus bha cus sgil aig a' chorra-ghritheach san roinn seo. Smaoinich e gu robh an t-eun a' feuchainn ri pìosan a thoirt às an easgann ach bhuail e air gur robh i airson a shlugadh buileach glan. Bha fhios aige gur robh na h-eòin sin measail air losgannan agus creutairean beaga eile agus bha e air am faicinn le èisg bheaga ach chuir an sealladh a bha seo iongnadh air. Aig cùl inntinn bha rudeigin ag innse dha nach bu chòir dha a bhith a' leigeil a thaic ris an easgann leis a bhith a' cur eagal air an eun an ath thuras a bhiodh a chreach a' tuiteam air an làr ach cha d' rinn e dad. A bharrachd air sin bha e fo shàmhchar, bha e mar gum biodh an abhainn a' sealltainn dha sgeul-rùn eile.

Bha trioblaid air choreigin aig a' chorra-ghritheach, cha robh cùisean ag obrachadh mar bu chòir agus bha fhios aice carson. Leum i gu lòn faisg air làimh agus leig i an easgann às. Bhuail e air Pòl, bha i a' glanadh a creiche air sgàth 's gu robh cus gainmhich air an easgann a-nis. Thog i às agus anns a' bhad bha an t-easgann a' siubhal sìos amhach fhada an eòin. Cha do dh'fhuirich i fada gus an tug i na speuran oirre. Bha pìos beag eile den phàtran beatha agus bàis na h-aibhne seachad agus dheàrrsaich a' ghrian fhad 's a bha a h-uile càil a' gluasad gu socair air oiteag bhlàth bhon taobh an iar.

Bha Ruadh ag obair aig an deasg fàilte nuair a chaidh Gillian a-steach dhan taigh-òsta. An tè as àlainn a chunnaic e a' tighinn tro na dorsan o chionn seachdainean. Bha jeans oirre agus geansaidh uaine a bha a' dol le a sùilean agus a failean-cluaise . Bha fhios aice gu robh an truaghan air a ghlacadh leatha mar còinneach ann an teas meadhan an rathaid agus solais càir air. Cha robh sin a' cur dragh oirre ann an dòigh sam bith, chòrd a leithid leatha gu mòr. Dhùisg Ruadh agus thill e gu chuid obrach le a ghruaidhean a' tionndaidh dearg, rinn e a dhìcheall gus a shùilean a sheachnadh. Cha mhòr nach do dhìochuimhnich e an litir a thoirt dhi. Chuir i a h-aghaidh ri na staidhrichean spaideil leis a' bhrat-ùrlair gorm rìoghail.

Chuir i a baga air an làr agus leugh i.

Gillian,

Tha mi uabhasach fhèin duilich ach nochd cuideigin air a bheil mi eòlaich bho Dhùn Eideann ann an seo. Bidh mise a' gabhail grèim bìdhe leis nas anmoiche. Chan eil dòigh sam bith a bhith ga sheachnadh. Tha esan agus a theaghlach a' frithealadh dannsa-pòsaidh ann an seo a-nochd. Bheir mi leisgeil dha agus chì mi thu san t-seòmar agad eadar 2030 agus 2100.

Micheal.

Mhair i sa bhad far an robh i, ise a-nis glacte ann an teas mheadhan an rathaid ach bha fada a bharrachd na an t-aon charbad a' dlùthadh oirre. Bha trèana smaointean le buinteanas aig an dàrna ochd mìosan deug le Micheal a' tighinn gu bàrr a chogais. Bha fearg ann gu dearbh ach fearg ri Micheal no rithe fhèin, cha robh i cinnteach. Bha iad air a bhith a' gabhail brath air càch a chèile ach bha làmh an uachdair air a bhith aig Micheal bhon chiad dol a-mach. Cha robh innte aig siùrsach, 's e sin a chuir i roimhe. Nad shiùrsach gad fhuadach dhan t-seòmar gus an robh an neach ceannaich deiseil airson feise fhaighinn. Bha i air a bhith beò ann an aisling a bha stèidhichte ann am fèin-mhealladh. Bha i air a bhith a' toirt a chreidsinn gu robh càirdeas anns a h-uile càil a bha seo, dà sheòmar gach turas, an gnìomhaiche agus an nighean a cheannaich e, daonnan faisg air làimh. Am fàilte agus an fhanas a bha seo uile air a' chunntas aoigheachd a bha aig a' chompanaidh. Bha i air a nàireachadh, ciamar a thachair seo? Dh' fhaighneachd i dhith fhèin dè seòrsa dòigh bheatha a bh' aice agus dè seòrsa tè a bh' innte.

Mhothaich Ruadh gu robh rudeigin fada fada ceàrr leis an tè bhòidheach ud le blas Beurla Morningside aice. Chaidh e gu taobh thall a' chunntair.

Gabhaibh mo leisgeil ach a bheil droch naidheachd agaibh?' Dh' fhaighnich e dhith.

Cha tuirt i dad agus thuirt e a-rithist e. Thàinig i beagan a-mach às a neul agus thuirt i, 'Tha, tha mi duilich, chan eil. Càite a bheil an seòmar agam?'

Ghabh Ruadh grèim air a baga, agus thuirt e, 'Seallaidh mi dhuibh e.' Agus thòisich e suas na staidhre. Lean Gillian e a' faighneachd dhith fhèin carson a bha i a' dol dhan t-seòmar, nach b' fheàrr dhi a casan a thogail leatha a-mach às a'

bhruadar a thàinig mar chlach às an adhar ach am biodh i comasach air dràibheadh. Dh'fhosgail Ruadh an seòmar agus chuir e a бага air dreasair. Chaidh Gillian tarsainn an rùm chun na h-uinneige agus sheall i a-null gu Ros an ear, Cataibh agus Gallaibh. Bha bharrachd air trì-fichead 's a deich mìle de oir na h-Alba fa comhair. A h-uile pìos dheth a' deàrrsadh sa ghrèine ach bha maise an t-seallaidh seachad oirre.

'A bheil thusa ceart gu leòr?' Thàinig guth Ruadh a-steach na smuaintean.

'Tha, tapadh leibh,' b' e sin am freagairt lag mì-chinnteach a fhuair e.

Dhùin e an doras air a rathad a-mach agus thilg Gillian i-fhèin air an leabaidh. Turas eile bha ise air ais sna trì-ficheadan le a h-athair agus a fhiamh-ghàire nuair a bha a mhàthair a' togail deilbh dheth leis a' bhradan a ghlac e sna làmhan aige. Dhòirt na deòir agus thòisich i a' caoineadh.

Chaidh Ruadh tarsainn an trannsa mhòr agus mhothaich e do Mhìcheal a bha ann an deagh shunnd a' gabhail drama le buidheann fhìreannach ann an deiseachan air an robh càrnaid air gach fear aca. Bha iad a-mach air na companaidhean a bhiodh a' nochdadh air a' mhargaidh na b' anmoiche sa bhliadhna. Bha Mìcheal cinnteach gum biodh na h-earrannan aca nan barganan na b' fheàrr na BAA.

Chunnaic Pòl a seann charaid Daibhidh a' tighinn tarsainn bruaich na h-aibhne.

'Dh'fhàs thu caol a bhalaich, cus muin!' Thuirt e ris.

'Thalla is cac! Chan eil mise faighinn dad sam bith sna làithean seo, sguir mi le Raonaid. Bha i a-mach air gealladh-pòsaidh fad na h-ùine. Chan eil mise deiseil airson a leithid sin.'

'Fear eile a bhios air an sgeilp gu sìorraidh bràth, nach b' e sin an cothrom mu dheireadh agad? Chan eil e mar gu robh thusa a' fàs nas bòidhche a h-uile latha.'

'Uill cha bhiodh e gu mòran feum faighneachd dhut ciamar a tha thusa a' faighinn air adhart a thaobh sin. Saoilidh mi gu robh cruaidh gainnead agad fad 's an robh thusa thall air do shaor-làithean.' Thuirt Daibhidh, a' dèanamh a dhìcheall gus làmh an uachdair fhaighinn air a charaid.

'Uill cha do ghabh mi nòisean do dhuine sam bith fad 's a bha mi ann an sàs, agus dè am feum a tha am bus eile nan robh fios agad gu robh a h-uile boireannach àlainn sa bhaile seo a bha gam fheitheimh,' chòrd a' chòmhradh ris gu mòr. Thug e a joint gu Daibhidh.

'Taing gu dearbh a bhalaich. Bha cruaidh fheum agam air sin, cha do smoc mi dad bho mheadhan latha.' Mar a b' àbhaist bha rudeigin ri reic aig Daibhidh. Bha e daonnan a' cur ceist air daoine sam bith a thachair e air. A-nis b' e turas Pòl a bh'ann.

'Pòl an aithne dhut duine sam bith aig am biodh ùidh ann am mapa Inbhir Nis bho 1919?'

'A bheil 'Exchange and Mart' sgrìobhte air mo cheann?' Rinn Pòl fiamh-ghàire ri charaid ach aig an aon àm cha robh e toilichte gun do nochd e. Bhiodh e air a bhith dìreach sgràthail fhèin dha-rìribh fuireach ann an sin na aonar. Chòrd e ris gu mòr a bhith an sin leis na craobhan, na h-èisg agus na h-eòin. Bha e a' faireachdainn cruthachail na chuid smuaintean ge-tà. Fhreagair e Daibhidh le seòrsa de dh'òraid.

'Uill Daibhidh, bidh thusa a' faighneachd sin don a h-uile mac màthar sa bhaile a-nochd. Tha agad ri sin a dhèanamh air sgàth 's nach biodh prothaid sam bith ri fhaighinn nan robh sanas agad ri phàigheadh ann an Exchange and Mart. Cha bhiodh fiù 's cairt ann an uinneag a' bhùth gu feum sam bith dhut. Chan eil bùth agad, chan eil dòigh sam bith agad beagan airgid a thogail às ach a bhith a' cur an dearbh cheist ud air a h-uile duine. Saoil nan robh dòigh eile ri fhaighinn.'

'Chan eil mise agadsa a bhalaich. Tha thusa air a bhith ro throm air na Woodbines Jamaiceanach.'

'Bidh glic! Smaoinich mu a dheidhinn. Saoil nan robh cothrom agad do mhapa a chur air Ceefax agus cha bhiodh aig a h-uile duine san t-saoghal a bha a' lorg mapa Inbhir Nis bho 1919 ach a bhith toirt sùil air duilleig shònraichte air Ceefax. Dh'fhaodadh fiù 's dealbh don mhapa agad a bhith air an tele.'

Bha Daibhidh balbh, ag èisteachd ri gliocas a charaid cracte. Cha robh e na b'fhaisge faighinn cuidhteas den mhapa ach 's e rudeigin inntinneach a bha Pòl ag ràdh. Thàinig ceist gu bàrr a smuaintean agus chuir e air a charaid i.

'Uill, tha sin ceart gu leòr ach ciamar a chuireadh mise am fiosrachadh a tha sin air a leithid Ceefax?'

'Chan eile feum ach beagan a bharrachd teicneòlais airson sin a dhèanamh,' bha mac-meanmna Phòil na thuil a-nis. 'A bheil fhathast ZX Spectrum agad no an do reic thu e?' Dh'fhaighnich e.

'Fhuair mo sheanmhair e air iasad agus a-nis tha ise air a beò ghlacadh leis na feachdan 'mas fhìor'. 'S ann gu tric a bhith ise a' dol gu blàr fad na h-oidhche le drama ri a thaobh. Cheannaich i bogsa sònraichte leis an canar 'Ram' saoilidh mi airson geamaichean eile a chluich.' Bha Daibhidh cinnteach nach biodh cothrom aige air an inneal ud gu sìorraidh bràth. Sguir a sheanmhair den Peoples' Own agus an Scots Magazine agus bha i a-nis leughadh stuth a bha làn fiosrachadh teicneòlas coimpiutaireachd. A-nis a bheil fhios agad? Tha amas aice a dhol sìos gu Dùn Èideann an ath-mhìos, chuir i a-steach airson àite aig seiminear ris an canar 'coimpiutearachd a' dèanamh cobhair air ionnsgal'. Chan eil mo sheanair toilichte le sin agus fhuair i trod. Thuirt ise nach robh cosgais sin dad sam bith an taca ris na bha esan a' caitheamh a h-uile bliadhna shìos aig an Legion. Cheannaich i earrannan ann an companaidh Ameireaganach ris an canar Microsoft. Thog i còig ceud not a-mach à cunntas oifis a' phuist aice. Cha mhòr nach deach mo sheanair às a chiall ach a-nis, a bheil fhios agad tha prìs nan earrann ud a' sìor dol am meud. Thòisich iad aig \$21 sa chiad latha, chaidh iad suas gu \$28 sa bhàd agus a-nis chan eil stad orra. B' fhiach e nach b'fhiach?

Tha iadsan nas fheàrr na stampaichean Nollaige aig a' Cho-op,' fhreagair Pòl agus thill e dhan cuspair as dèidh gàire, 'Chan eil an teicneòlas fada air falbh, tha mi cinnteach às.' lean e air. 'Saoil nan robh an leithid siostam agad sa bhàd

bhiodh airgead agad agus aig cheann thall an t-saoghail bhiodh truaghan eile air a dhòigh glan a' coimhead air sràidean Inbhir Nis mar a bha iad ann an 1919. No am faigh thu neach ceannaich anns a' bhaile seo a-nochd? Tha teans agad, feumaidh mi aideachadh ach tha an t-aon teans agad ma dh'fhaodhte nan robh thu ann an Bhancouver a-nochd no co aig a tha fios, can air sràidean Beirut. Saoil air cho èifeachdach 's a bhios a leithid de shiostam. Cha bhiodh feum sam bith gu sìorraidh bràth airson dad sam bith feumail a chur dhan t-sitig. Abair bacadh a bhiodh air na gnothaichean eadar-nàiseanta. Cha bhiodh againn ri an cuid chac a cheannaich. Bhiodh seòrsa saorsa a' tighinn gu luchd-ceannaich an t-saoghal. Calpachas cumhachdach dha na daoine. Bhiodh thusa comasach a h-uile càil a chur air dòigh bhon t-seòmair còmhnaidh agad. Saoil dè cho trang 's a bhiodh Pàdraig Post agus a chàirdean. Bhiodh iadsan dripeil trang bho moch gu dubh a' libhrigeadh a' bhathair. B' e seòrsa de ar-a-mach a bhiodh an siud, nach b' e? 'Pòl cùm ort leis a' chainb', thuirt Daibhidh le gàire làidir.' 'S e aisling chracte a th' ann an siud gu dearbh ach tha cruaidh fheum air a leithid. An tig e fad 's a tha sinn beò?'

Gu dearbh thig e. Nach eil fios agad gu bheil stòras teicneòlais aig an riaghaltas Ameireaganach, thug iad às UFO, tha iad ga chumail ann an Sgìre 51. Leigidh iad às beagan dheth air a' mhargaidh gach bliadhna.

'Cha robh Daibhidh cinnteach an robh Pòl a' tarraing às a-nis.' Chan fhaca mise UFO a riamh, ach thachair mi air fear shìos ann an Glastonbury an-uiridh a bha làn-cinnt gun d'rinn e sgrìob air fear aca.'

Ghabh Eirdsidh fras ro biadh an fheasgair. Bhiodh Sùsaidh a' dol dhan Bingo còmhla ri a màthair aig leth uair an dèidh seachd, thilleadh i mu leth uair an dèidh deich ach bhiodh esan agus a chù air falbh. Cha robh mòran aige ri chur sa chàr, bha a' chuid bu mhotha de na rudan aige fhathast aig taigh a mhnatha. Bha e air aodach agus àirneis a cheannach airson an àite-fuirich a chuir e le chèile le Sùsaidh ach cha robh dàimh aige le mòran dheth. Cha robh e a riamh air a bhith earbsach gu leòr gus a bhith nochdadh aig an doras airson seilbh fhaighinn air a stuth fhèin.

Gu h-obann dh'fhosgail Sùsaidh doras na froise. Bha i rùisgte. Ghabh i grèim air an t-siabann agus thòisich i a bhodhaig a shuathadh. As dèidh greis leig i an t-uisge agus an siabann a chur air falbh agus thoisich e pògan a chur air a bhroilleach. Ghluais a bhilean na b' ìsle agus b' ìsle. Bha e cruaidh an turas seo. 'Thèid sinn dhan leabaidh,' thuir e rithe agus sa bhad bha iad a' cupladh san t-seòmair-cadail. Cha robh trioblaid idir aig Eirdsidh agus bha fhios aige carson. Bha ìomhaigh Sìne na cheann.

Nuair a bha Shùsaidh a' crathadh le àgh feòlmhoir thuir i ris:

'Tha gràdh agam ort Eirdsidh, tha gràdh agam ort.'

Bha Sùsaidh airson a' bhingo a sheachnadh ach thuir Eirdsidh rithe nach cuireadh e dragh air agus dh'fhaodadh iad botal fion a ghabhail nuair a thilleadh i. Smèid e rithe fhad 's a bha i a' dràibheadh a-mach air a' gheata agus an uair sin shuidh e gus litir a sgrìobhadh. Chuir e a cheann sna làmhan aige. Carson a thuir i na faclan siud a-nis? Carson an-diugh? Thòisich e air an iomairt sa mhadainn le a chogais shaor ach a-nis cha robh e ann an deagh shunnd. Bha e an ìmpis sgrios a dhèanamh air beatha Sùsaidh. Aig a' cheann thall cha bhiodh sion a diofar ann shaoil e. Bhiodh Sùsaidh a' faighinn saorsainn agus cothrom gus slighe eile a leantainn. Nam fuiricheadh e sa chàirdeas a bha seo bhiodh an dithis aca fo mhulad ann an ùine nach biodh fada. Lorgadh i gàirdeanan fear na b' òige. Cha robh Eirdsidh comasach gràdh a thoirt dhi. Cha robh àm ri teachd còmhla ri fhaighinn dhaibh. Thill aire gu na briathran a bha a dhìth air agus thòisich e a sgrìobhadh.

Sùsaidh,

Bidh an litir seo tàmailteach dhut agus tha mi duilich nach eil mi calma gu leòr gus na leanas a mhìneachadh dhut nad làthair.

Tha mise a-mach a seo Sùsaidh. O chionn greis cha robh mi air a bhith cofhurtail sa chàirdeas a tha seo. Chan e thusa as coireach, gu dearbh chan e thusa as coireach. 'S e nighean àlainn, bhòidheach, choibhneil a th' annad agus bidh thu mar sin gu sìorraidh bràth tha mi cinnteach às. Tha thusa airidh air gràdh Sùsaidh, fìor ghràdh, fìor chàirdeas, fìor dhuine. Tha thusa airidh air cuideigin a bheir beatha dhut, beatha far am bi cothrom agad do fheartan làn bhlàth a ruigsinn. Chan eil mise comasach sin a dhèanamh Sùsaidh. Tha mi duilich A-nis feumaidh mi puingean practaigeach a thogail. Phàighidh mi màl air an taigh seo airson ochd mìosan deug. Gheibh thu £300 not sa bhanc a h-uile mìos. Feumaidh tu an càr agad a chumail. Tha cead agad £700 a chaitheamh air a' chairt-chreideis agad. Ma bhios trioblaid sam bith agad dh'òrdaich mi don neach-lagha agam cùisean a chur air dòigh air do shon.

Sùsaidh ghràidh,

Tha mi duilich,

Eirdsidh

'S e glè bheag a chuir e sa chàr, biadh agus uisge airson a choin agus a phrosbaig. Bhiodh fhathast cothroman gus an reul chearbach fhaicinn agus cha bhiodh e an làthair an ath-thuras a thilleadh i. Dh'fhalbhadh e mu leth uair an dèidh naoi. Dhràibheadh e fad na h-oidhche gu deas. Bhiodh e faighinn norrag faisg air Carlise agus an uair sin dhràibheadh e a-rithist gu Portsmouth agus am bàt'-aiseig gu Jersey a dh'fhalbhadh aig deich uairean feasgar. Thog a spiorad beagan ann a bhith smaoinichadh air an turas. Am biodh a h-uile càil ceart gu leòr cho luath 's a bha solais Pompey agus na tìre mòire a' dol a-mach à shealladh. Bha e làn dùil nach biodh a shuidheachadh na bu mhiosa na bhiodh e nam fuiricheadh e. Nuair a bha a h-uile càil sa chàr chaidh e sìos dhan lochan. Bha na h-ealachan cho èasgaidh a-nochd. Aig oir an uisge sheall e suas dhan taigh agus a Volvo gorm a bha ri a thaobh. Bha a cheann na bhrocan a-nis.

Thill Ruadh gun deasg agus mhothaich e gu robh am manaidsear ga fheitheamh. Bha Sìne Nic'III'losa dà fhichead 's a sia bliadhna a dh' aois, a' dèanamh a dìcheall gus na ciad gaoisneanan glasa air falbh agus na h-ìochdarain a chumail fo smachd chruaidh. Thog a chèile a chasan às o chionn trì bliadhna le boireannach fada na b' òige. Bha e air a bhith dèiligeadh ris le taic botail gin agus le a bhith ga bogadh fhèin am broinn a cuid obrach. Bha coltas uachdaraich oirre agus b' ann an taigh-òsta a fhuair e cothrom sin a chur an ghnìomh. 'S e riaghladh aintighearnas a bh' ann agus bha an luchd-stiùiridh eile a' leantainn a cuid fheallsanachd. Cha robh gainnead de dhaoine eile a bha a' lorg obair agus dh' fhaodadh e a bhith na cùis-eagail gun chrìochan. Air an taobh a-muigh bha an saoghal a' faicinn boireannach làn earbsa agus misneachail sa chuid obrach chudromach ach na broinn b' e creutair bochd a bh' innte agus cha bhiodh e fada gus an biodh i tuiteam a-mach às a chèile. Mhothaich cuid den luchd-obrach gun robh i a-nis uaireannan a' bruidhinn mu dheidhinn 'sinn' nuair a bha i a-mach air a beatha phearsanta air a' fòn. Agus b' ann mar sin a bha e, na cridhe bha ise cinnteach gun robh ise agus a chèile fhathast còmhla agus cha bhiodh e fada gus am biodh e air tilleadh bhon t-siùrsachd òg ud. Mar bu mhotha a bha i a' gabhail a-steach sin b' ann na bu chinntiche a bha e gu bheil i ceart.

'Càite an robh thusa? Chan eil leisgeil sam bith agad, chan eil e ceadaichte falbh bhon deasg gun chead. Chì mi thu san t-oifis agam aig naoi uairean madainn Diluain. 'S e dearg amadan a th' annad. Bheir mi rabhadh sgrìobhte.' Chaidh fòirneart a libhrigeadh sa ghuth.

Bhuail e air Ruadh gu robh deagh cothrom ann an sin gus fios a chur air a' mhanaidsear nach robh feum air sin idir. Cha robh e airson a bhith mì-mhodhail, bha fhios aige gum cuireadh e dragh air a' mhanaidsear gum biodh e a' falbh. Bha e furasta gu leòr cuideigin eile fhaighinn ach bhiodh aice ri a bhith a' bodraigeadh leis agus bu chòir dha brath ceithir seachdainean a chur a-steach mus fhalbhadh e. B' fheàrr leam gu dearbh a bhith shìos an rathad a-mach à seo smaoinich e. Thòisich e ri rudeigin a ràdh agus leis an t-suidheachadh mar a bha e a-nis bha misneachd aige agus bha e fada na bu dàna.

'Tha mi duilich, ach tha rudeigin agam ri ràdh.'

'Dè tha sin', rinn i drann.

'Bidh mise a-mach à seo Diluain, fhuair mi obair eile.'

‘Cha robh Sìne airson sealltainn dha gu robh dragh oirre mu a dheidhinn, bhiodh sin beagan a bharrachd obrach dhi, ach cha b’ e Latha luain a bh’ ann.

‘Bidh fhios agad nach faigh thu a-chaidh teisteanas bhuainn mur obraich thu na ceithir seachdainean mar bu chòir.’ Chuir e a h-aghaidh ris an oifis aice o chionn ’s nach robh airson cus a ràdh. Nan sguireadh e sa bhad bhiodh aice a bhith na seasamh aig an deasga seachad air meadhan oidhche agus bha ise airson sùil a chumail air gnothaichean a-nochd. Bha i air cluinntinn bho charaid ann an taigh-òsta eile gum biodh cuideigin bhon àrd-oifis a’ cèilidh orra ‘incognito’.

Bha Ruadh den bheachd gun deach sin gu math agus choimhead e air Sìne fhad ’s a rinn i a slighe dhan oifis. Bha e cinnteach gu robh fàileadh gin oirre a-nochd. Smaoinich e gur e boireannach tarraingeach a bh’ innte agus ged a bha i air a bhith gu math chruaidh ris bha seòrsa de thruas aige rithe. Bha fhios aige leis na thachair dha a bhràthair dè cho furasta ’s a bha e deoch a chleachdadh gus cùisean a dhubhadh às. Air cùlaibh a coltais sàr-dhleastanas bha cuideigin a bha na mòr-thrioblaid, a’ dol nas doimhne agus nas doimhne na sloc.

Chaidh Pòl a-steach dhan taigh-bìdh a bh' aig cùl bùth-tiops. Bha sealbhadair a' bhùth, Enrico a' gabhail cupa tì le caraid. 'S e taigh-bìdh gu math sìmplidh a bh' ann, bha e mar gur e ceum air ais dha na leth-cheudan a bh' ann leis a' phàipear-balla agus na h-anartan-bùird le ceàrnagach dearg is geal. Bha a h-uile càil air crìonadh gu slaodach, bha làithean glòir an àite seo beagan air falbh a-nis ach bha e fhathast cofhurtail agus cha robh e daor na bu mhò. Bha grunn dhealbhan de sheallaidhean Eadailtis air na ballachan.

Mhìnich Enrico gu robh e dìreach mìorbhaileach mar a fhuair Celtic grèim air an tìotal. Bha an chuthag air leis, bha e air cur deich notaichean gus am buannaicheadh Hearts.

Bha e airson faighinn a-mach dè a bha a' cur dragh air Enrico. Chòrd e ris gu mòr a bhith faicinn Enrico nuair a bha e beòthail, bha a chainnt gu tur Albannach ach bha a bhodhaig a' bruidhinn ann an dòigh a bha fhathast cho Eadailteach 's a ghabhadh.

'Nach chuala thu? Bhuannaich Celtic 5-0 aig Love Street fhad 's a bha Hearts a' dol fodha 2-0.'

'Cha robh fhios agam cha robh Green Final aca ann am Porterfield thuit e ach co-dhiù a bheil sin a' ciallachadh nach bi Spaghetti Bolagnese ri fhaighinn a-nochd?' Dh'fhaighnich Pòl.

'Sheila, Spaghetti Bolagnese airson an cleasaiche a th' againn ann an seo,' dh'èigh e ri a chèile a bha sa chidsin agus an uair sin thill e dhan cuspair .

Bha an t-acras air Gillian. Cha robh ise airson grèim bìdhe fhaighinn san t-seòmar agus bhiodh e cus nan robh Mìcheal ag ithe le a charaid air bòrd eile. Smaoinich ise gun toireadh i a casan às ach bhiodh feum air rudeigin ithe mus tòisicheadh i sìos an rathaid. Thug i sùil a-mach air an uinneig agus an turas seo ghabh i a-steach na seallaidhean; an uair sin chaidh i a-mach às an t-seòmar agus sìos an staidhre agus rinn i fiamh-ghàire ri Ruadh air a rathad a-mach. Bha e mu leth-mhìle gu meadhan a' bhaile agus chaidh i seachad sreath de thaighean snoga cofhurtail, an seòrsa bad de taighean bùirdeasachd a tha ri fhaighinn sa h-uile baile ann an Alba agus bha e mar gun robh an taigh-òsta agus na h-àiteachan còmhnaidh a' faighinn cliù bho cach à chèile. An dearbh seòrsa àite far am biodh mòran air an dòigh glan a bhith a' blàthachadh ann an gathan na grèine ann an saoghal ùr gaisgeil Mairead Thatcher. Thàinig Gillian gu meadhan a' bhaile agus a' phrìomh sràid. Bha e soilleir dhi gun robh làithean glòir mòran de na bùthan seachad. Ghlac bùth a h-àire agus chaidh i a-nall agus leugh e sanas 'Bradán agus Tiops. Uill, 'nuair a tha thusa anns a' Rhòimh', thuirt e dhi fhèin.

Chunnaic Pòl tè bhrèagha tighinn a-steach, tè meadhanach àrd le falt goirid donn agus cha robh e buileach cinnteach ach smaoinich e nach b' e siud a' chiad turas a chunnaic e i.

Shuidh i sìos agus chaidh nighean Enrico a-null ga frithealadh. Nuair a dh'òrdaich i a bradan agus tiops thug i sùil mu cuairt an t-seòmar. Bha Enrico a-nis a-mach air dè co math 's a bhiodh cuibhreannan aig BAA an taca ri British Gas. Taobh thall an taigh-bìdh bha duine a' dèanamh fiamh gàire dhi. Duine le falt gu a ghualnean, cha do bheàrr e e fhèin an diugh co-dhiù agus, mura a biodh seacaid dràibhear bus air bhiodh tu a' smaoinichadh gum b'e hippidh a bh' ann. Bha e fhathast a' coimhead oirre ach ged a b' e duine mòr le coltas caran cracte air cha robh e ga cur draghail agus an uair sin thuirt e,

'Ciamar a tha Dòmhnall,' bhuail e air Pòl far am faca e i.

Cha mi duilich chan aithne dhomh thu,' fhreagair i, a' dèanamh a dìcheall gus a cuimhne a dhùsgadh mu dheidhinn a' charactair a bha seo.

'Chaidil mi san lobhta agaibh aig àm togail fianais Torness,' thuirt e. Agus cha robh e na aonar na bu mhotha agus cha robh dòigh sam bith fon ghrèin a bhiodh Gillian a' cuimhneachadh air a h-uile duine bhon àm sin.

‘Tha mi duilich, chan urrainn dhomh sibh a chur nam chuimhne.’

‘Na gabh dragh, bha sibhse uabhasach fhèin trang mas math mo chuimhne. Co-dhiù, cha do ghabh iad suim sam bith aig a’ cheann thall, bidh e deiseil ann an ùine nach bi fada,’ thuir Pòl a’ feuchainn ris a’ chòmhradh a leudachadh.

‘Nach eil fhios againn uile dè cho cunnartach ’s a tha e a-nis. Ach dè am feum dhuinn a bhith ag ràdh ‘Dh’innis sinn dhuibh’, thuit an t-uisge rèidio-beò.’ Bha i fhathast a’ beachdachadh mu dheidhinn Pòil ach cha tàinig dad gu bàrr a smaointinn. ‘ ’S fada bhon a chunnaic mi Dòmhnall, thàinig sin gu crìoch agus dh’fhalbh e gu Lunnainn.

‘Uill, bha mise a’ bruidhinn ris shìos aig Glastonbury an-uiridh. Thachair mi air aig an Cider Bus, àite cianail fhèin math a tha sin, ach co-dhiù thuir e rium gu robh e shìos ann an Lunnainn a-nis ag obrachadh ann an oifis aig ball-pàrlamaid ris an canar Tony Blair. A dh’ innse na firinn smaoinich mi gu robh e caran air a nàrachadh ann a bhith bruidhinn mu dheidhinn nan làithean ud. Cha deach thusa gu Lunnainn leis?’

‘Gu dearbh fhèin cha deach,’ agus dh’innis i dha an sgeulachd mun latha a fhuair i cuidhteas de ghaisgich na h-àrainneachd a bha siud.

Chòrd an sgeulachd ri Pòl. ‘Am faod mi suidhe aig a’ bhòrd agad, bhiodh sin na b’ fheàrr na a bhith bruidhinn tarsainn an taigh-bìdh.

Bhuail e air Gillian ciamar a bha a cuid thrioblaidean air falbh gu cùl a h-inntinn fhad ’s a bha i bruidhinn leis an duine seo. Thuig i dè cho mì-àbhaisteach ’s a bha e dhi a bhith bruidhinn le duine taobh a-muigh an t-sreath shòisealta ris an robh i air fàs cleachdte o chionn fhada. ’S e sin ri ràdh na streapadairean sòisealta bhon roinn ionmhasail a bha air an dòigh glan san àrainneachd a bha ‘am Mairead bheannaichte’ a’ cruthachadh air mullach tobhta den t-seann nòs. Cha robh feum air cogais a bhith agad, dìreach a bhith a’ cumail a’ dol a dh’ aindeoin a h-uile càil a bha feadhainn eile a’ fuiling. Bha ise a’ gabhail pàirt ach cha b’ e fìor Thoraidh a bh’ innte, bha i a’ faireachdainn fortanach nach robh ise sa chiutha taobh a-muigh oifis an cion-cosnaidh . Cha robh i a’ creidsinn gun robh gun chridhe, bha i dìreach a’ gabhail pàirt, cha robh dòigh eile ann a-nis. An robh puinnsean rèidio-beò san t-uisge a bha tuiteam às na speuran na phrìs eile gus pàigheadh airson am fìor shaoghal a sheachnadh ged a b’ e puinnsean rèidio beò comannach a bh’ ann an àite an stuth fo smachd calpachais a bha feitheamh cothrom an t-aon

sheòrsa cron a dhèanamh. Cha robh i coma, gu dearbh cha robh i coma. Bha i air a bhith air a dalladh, toilichte a bhith a' gluasad suas fàradh agus a h-uile càil a bha air a bhith cudromach dhi air fhuadach gu cùl a smaointean. Bha i air a bhith a' cluich a' gheama agus gu h-obann bha cnap fèin-fhuath ri fhaighinn na chois. Bha e èibhinn, an robh beagan saorsa ri fhaighinn ann an bhith bruidhinn leis a' charactair a bha seo am broinn taigh-bìdh iasg agus tiops a bha caran seachad air làithean a ghlòir?

'Faodaidh gu dearbh,' fhreagair i.

Cha do chreid Pòl idir gu robh teans sam bith aige le boireannach den leithid seo, bha e den bheachd nach tigeadh e an uisge na stiùrach dhi. B' aithne dha feadhainn den leithid, bha iad toilichte a bhith bruidhinn riut nuair a bha iad na b' òige agus a' lorg beagan spòrs ach nan tachradh tu orra beagan bhliadhnaichean as dèidh sin bhiodh iad a' dèanamh an dìcheall ann a bhith gad sheachnadh. Bha an tè seo diofraichte, bha i dèonach a bhith bruidhinn ris ged a bha i ann an taigh-bìdh air adhbhar air choreigin.

'Is mise Pòl,' thuirt e rithe.

'Gillian,' thuirt i le fiamh-ghàire. 'An e dràibhear bus a th' annaibh?'

'Chan e idir, 's e dìreach bampot a th'annamsa,' rinn Pòl an-àirde a inntinn nach bhiodh e ri spòrs ris an tè seo. Dh'innseadh e an fhìrinn dhi.

'A bheil thusa a' fuireach sa bhaile seo?' Bha Gillian airson faighinn tuilleadh a-mach mu dheidhinn Phòil. B' e duine iongantach a bh' ann, bha e soilleir dhi gun robh e air a bhith ag òl agus ma dh'fhaodhte gu robh e air spliff no dhà a ghabhail. Nan robh dàn gan toirt an dà chuid dhan taigh-bìdh a bha seo cha dèanadh e cron sam bith beagan còmhradh a dhèanamh.

Thàinig an tè òg a-nall leis an spaghetti bolognaise. Bha ceist eile aig Pòl

'Carson a tha thu ann an seo a-nochd, an d' rinn thu mearachd?'

'Rinn, uill, cha b' ann a thaobh an taigh-bìdh. Rinn mi mearachd mhòr, seòrsa fèin-mhealladh a bh' ann. A leithid fèin-mhealladh a tha air a bhith a' dol o chionn fhada. Bha mi a' toirt a chreidsinn gu robh càirdeas agam. Chan eil esan ciontach. Tha mi duilich chan eil sin ceart. Tha an dà chuid againn co-ionann a thaobh sin.' Thàinig am bradan agus tiops, am bradan air a fhaighigeadh mar na h-èisg eile a bha ri fhaighinn o Enrico.

Mhothaich Pòl gun robh beagan eagail aig Gillian bhon bhiadh. ‘Na gabh dragh, thàinig e a-mach às an abhainn sa bhaile seo. Tha mise air mo bheò-ghlacadh leis an spaghetti bolognaise aig Enrico ach feumaidh mi aideachadh chan eil dad ceàrr air a chuid bhradain.’

Gheàrr Gillian pìos dheth agus thòisich i ga chagnadh, ‘Tha thusa ceart chan eil dad sam bith ceàrr le sin. Co-dhiù, carson a tha thusa ann an seo a-nochd. Dè seòrsa mearachd a rinn thusa?’ Bha an còmhradh air fàs gu math càirdeil. Bha e mar gum biodh dìthis a bha gu math eòlach air càch a chèile a’ cabadaich.

‘Rinn mi mearachd gu dearbh, ach b’ ann an Lunnainn a bha e.’ Dh’innis Pòl a sgeulachd dhi. Mar a fhuair am poileas grèim air shìos ann an Lunnainn agus ged a chaidh sin a chur air dòigh mar a bha Poileas na Gàidhealtachd ga lorg bhon latha nach do nochd e sa chùirt airson casaid a bha ceangailte le cnap cainb a bha na phòcaid. Chaidh a chur dhan phrìosan airson sia seachdainean.

Agus gu dearbh chùm iad a’ dol leis a’ chòmhradh, an dà chuid aca gu math fosgailte le càch a chèile. Pòl mu dheidhinn ciamar a bha e a’ fàs cho sgith a bhith na waster agus mar a bha beatha shìos ann an Lunnainn a’ còrdadh ris gu mòr ach nuair a bha e sa bhaile mhòr bha cianalas air gu mòr airson àite a bhreith ach air sgàth nan rudan a rinn e nuair a bha e na b’ òige cha robh e airson gluasad air ais dhan bhaile. Bha càirdean aige ach bha nàimhdean aige cuideachd agus bhiodh e mar sin gu sìorraidh bràth. Bha Gillian a-mach air mar a bha ise gu h-ìre mhath soirbheachail le a cuid obrach ach mar a bha i mothachail nach biodh i a-riamh faighinn làn-thoileachais às. An trioblaid a bh’ aice b’ e sin gu robh i a’ toirt a chreidsinn gu robh a h-uile càil ceart gu leòr agus bha i air a bhith fiù ’s a’ cluich càirdeas. Abair thusa gu robh beàrn eadar an dà dhòigh bheatha ach sa bheàrn a bha sin lorg iad àite far an robh an dìthis aca comasach a bhith bruidhinn ann an dòigh nach b’ urrainn dhaibh a dhèanamh san àbhaisteach leis na daoine mun cuairt orra.

Bhruidhinn iad airson uair gu leth agus an uair sin thuirt Gillian, ‘Uill bu chòir dhomh a bhith tilleadh dhan taigh-òsta. Thèid mi dhachaigh a-nochd agus b’ fheàrr leam a bhith taobh thall an Drumochter ro dheich uairean.’

‘ ’S bho chd nach robh thusa nad aonar, bidh còmhlàn-ciùil roc a chluich sa bhaile

a-nochd, tha iad cianail fhèin math, 's ann às a' bhaile seo a tha a h-uile fear aca.'

' Chòrdadh sin rium gu mòr ach tha agam a bhith a-mach à seo. Tha mi airson duilgheadas a sheachnadh. 'S dòcha nach gabh e ris gu math.'

' Cuiridh mise ceart e ma thogras tu,' thuirt Pòl leis a ghàire àbhaistich. '

' Tapadh leat gu dearbh ach saoilidh mi nach biodh feum air sin, cuir nad chuimhne mar a fhuair mi cuidhteas de Don.' Bha Gillian buileach cinnteach gun dèanadh Pòl a' chùis air Mìcheal sa bhad agus bhiodh coltas èibhinn air an sin ach cha robh ise airson tighinn às le choltas ro mhì-chofhurtail air a' ghnothaich.'

'Uill bha e math bruidhinn riut, gabhaidh mise cupan tì eile mus tèid mi dhan phub.' Bha Pòl caran brònach gu robh Gillian a' falbh ach cha robh dòigh sam bith cùisean a chumail a' dol. Bha ise a' tilleadh gu Dùn Èideann agus b' e sin mar a bha e. Bha an còmhradh air còrdadh ris glan ach cha bhiodh dad eile tighinn às. Bha e dìreach toilichte gu robh e comasach air a ghiùlain fhèin ann an dòigh a bha tè àlainn pongail comasach a chumail suas ris. Leig ise soraidh le Pòl agus chaidh i a-mach. Gabh i an t-slighe gus tilleadh dhan taigh-òsta ach gu h-obann thionndaidh i agus chuir i a h-aghaidh ris a' chala no far an do smaoinich i gu robh cala ri fhaighinn.

San taigh-bìdh bha Enrico a' gearain mu dheidhinn duine ann a' bhana a bha a' reic tiops agus burgers air an t-sràid mhòir ris an fheadhainn a thigeadh a-mach às na taighean sheinnse aig leth uair an dèidh aon uair deug ach bha aig Enrico ri dùnadh sìos aig deich uairean. Cha robh e toilichte leis idir.

'A bheil cead aige,' dh'fhaighnich a charaid.

'Tha an t-aon seòrsa cead aige 's a tha agamsa airson mo bhana reòiteag. Chan eil esan a' pàigheadh nan reitichean mar a tha mise ach tha e ceart gu leòr dhàsan cumail a' dol air an t-sràid às dèidh dhòmhsa dùnadh. Cait a bheil an ceartas ann an siud?'

'Dè thuirt iad aig a' chomhairle?'

'Chan eil ùidh sam bith aca. Thuirt amadan thall an sin 'chan urrainn dhuinn dad a dhèanamh mu a dheidhinn oir tha a h-uile càil ceart gu laghail.' Sin mar a tha e na làithean seo.' Ghabh Enrico balgam tì.

Bha moladh aig Pòl mu dheidhinn cùisean. 'Uill Enrico, ma tha an t-aon shèorsa cead agad, carson nach reic thu reòiteag rium a-nochd nuair a dh'fhàgas mi am

bàr. Bhithinnsa deònach tè aca a cheannach agus poca suiteas cuideachd.'

'Bhiodh sin èibhinn Phòl, ach dè a dhèanadh a' phoileas dhòmhsa.' 'S e moladh gu math cracte a bh' ann ach aig cùl inntinn bha Enrico a' gabhail ris.

'Bhiodh aca ris a h-uile peanas a bheireadh iad dhutsa a thoirt dhàsan nach toireadh?'

'Tha sin ceart, gu dearbh tha sin ceart. Phòl cò an tè àlainn ris an robh thusa a' bruidhinn?'

Cha robh e cho doirbh fhaighinn, chunnaic i an abhainn agus lean i slighe a bha ri a taobh. Bha cuimhne eile air dùsgadh na h-inntinn. Cha b' e siud a' chiad turas a bha i air a bhith san àite seo. Leig i le ìomhaighean bho làithean a h-òige sruthadh. Bha a h-athair air a' chàr a phàirceadh faisg air a' chala nuair a chuir iad seachad latha air an tràigh. Bha e na b' fhaide sa bhliadhna agus fada na bu blàithe. Bha grunn bhàtaichean iasgaich sa chala ach b' e an tràigh a ghlac a h-aire. Tràigh gheal fhada fhada a bh' ann, chluich iad, snàimh iad, dh'ith iad, abair thusa gur e latha anabarrach sona a bh' ann. Nach eil e cruaidh gu bheil aig a h-uile fear againn ri gluasad suas air slighe ar beatha shaoil i agus mar a tha tìm a' gluasad air adhart fada ro luath. Cha robh ach criomagan cuimhne air fhàgail aice agus aig an taigh dealbhan dubha agus geal.

Mhothaich i dha duine a' dol suas ceuman gu pìos beag den chala nach robh fon uisge. Bha poca plastaig san làmh dheis aige . Aig mullach nan ceuman bha Labrador seoclaid ga fheitheamh gu foighidneach, bha coltas àbhaisteach air a' ghnòthaich. Nuair a ràinig e bonn nan ceuman leig e fead ri dà eala-bhàn a bha thall aig beul a' chala. Thàinig iad a-nall agus a-mach às an uisge agus thòisich an duine a' toirt biadh dhaibh. B' e duine meadhanach mòr a bh' ann agus nuair a bha na h-ealachan-bàn nan seasamh le an amhaichean gu h-àrd bha iad aig an aon ìre ri a bhroilleach. Cha robh sgeul air na bàtaichean iasgaich a bha na cuimhne ach cha robh gainnead de sgothan-seòlaidh ann. Sgapte mu chuairt bha cuid de bhàtaichean beaga a bha air an cleachdadh le iasgairean ghiomach, bha grunn chlàibh ri fhaicinn air na pontùnan. Bha e follaiseach nach robh na bàtaichean-iasgaich ag obrachadh tuilleadh a-mach às a' chala seo. Cha robh mòran diofar idir air an tràigh ann an sùil a cuimhne. Thàinig i a-nuas agus chuir i dhith a brògan agus a socaidean. Thog i oirre gun ghainmhich. An siud 's an seo bha geugan mòra nan laighe air an tràigh, toradh an aon uisge trom a thàinig às dèidh Chernobyl. Ghluais beagan ghainmhich air oiteag leth-bheòthail, a' dèanamh loidhnichean a bha a' dannsadh mu cuairt casan Gillian. As dèidh greis thachair i air caisteal gainmhich, b' e caisteal air leth a bh' ann agus rinn teaghlach air choreigin deagh oidhirp leis. Bha turaidean gu leòr ann le brataichean air an dèanamh a-mach à iteagan. Bha geata fiodha ann, bha iad air failleanan a chleachdadh agus bha molagan beaga nan laighe air gach taobh den

rathad suas gun dùn chudromach a bha seo. Dh'fhalbhadh e nuair a thigeadh a' mhuir-làn. Bhiodh cearcall sìorraidheachd ga sguabadh às ach bhiodh cuimhneachan air an dèanamh na chois agus ma dh'fhaodhte bhiodh cuideigin eile a' coiseachd air an tràigh san àm ri teachd, mar a bha Gillian aig an àm seo, a' meòrachadh air leanabais.

Bha am bàr trang ach cha robh sluagh mòr ann fhathast. Coimhead Pòl a-null far an robh uinneag, uinneag nach robh a' coimhead air dad sam bith. Bha frèam fhathast ann ach o chionn fhada chaidh an uinneag a lìonadh le breicichean nuair a chaidh mòr-bhùth a thogail an ath-dhoras, bha e a' toirt na chuimhne lobhta ann am Fulham. An gabhadh e ris? Thionndaidh aire gu rudeigin eile, bha dràma ag èirigh eadar na bràithrean Grannd.

Bha Seòras a' cluich an t-aon òran air an juke-box. Chuir an t-òran sin dragh mòr air a bhràthair ach bha làn fhios aig Seòras gun tachradh sin, 's chuir e airgead a-steach dhan juke box gun stad 's chluich e a-rithist 's a-rithist e.

'Woe oh oh oh oh ,

And she's buying the the stairway to heaven.'

Chuir e dragh air a h-uile duine eile anns a' bhàr ach cha tuirt iad facal. Cha robh e glic a bhith a' toirt beachd air còmhstri eadar na bràithrean Grannd. Nam biodh tu cho gòrach ri sin biodh an dithis, na an triùir nam biodh Niall air a shaor-làithean bhon chrann-ola, gad phronnadh sa bhad.

'In the tree by the brook there's a songbird who sings

Sometimes all of our thoughts are misgiven.'

A dh'aindeoin cho domhainn 's a bhiodh an nàimhdeas eatarra thigeadh iad ri chèile mar shaighdearan mun cuairt bratach rèiseamaid deiseil airson sabaid gu bàs.

'And it's whispered that soon, if we all call the tune

Then the piper will lead us to reason.'

Dh'fhàs an teannachadh ach bha an t-àite measail air daoine agus stad iad an làthair, bha iad cleachdte le tachartasan mì-àbhaisteach ann an seo.

Bha aon den luchd-compàirt aig cùl a' bhàir, mhothaich e a h-uile càil a bha a' dol air adhart ach cha do smaoinich e gu robh e cunnartach, no ro chunnartach co-dhiù. Bha daoine buailteach a bhith a' lasadh suas le nàdar an stuth a bha e a' reic riutha agus bha e fada na bu fhulangach na mòran eile sa ghnothaich seo. Thàinig na chuimhne an t-seachdain eile nuair a bha càraid a' cuplachadh sna taighean beaga. Bha sin cus. Thilg e cuinneag uisge taobh thall an dorais. Chuir sin crìoch air a' ghnothaich. Dhàsan bha Seòras agus Stiùbhart a' ceannach deoch agus 's e sin an rud as cudromaiche.

Cha robh Pòl na aonar ann a' bhith a' gabhail ùidh san dol a-mach eadar an dithis

aca. Bha feadhainn fiù 's air an dòigh am measg an iomagain. Bha iad a' coimhead air adhart ri crìoch a' ghnòthaich gun teagamh dhùineadh a' chaibideil seo mus dùineadh an taigh-seinnse.

'Your head is humming and it won't go because you don't know
The piper's calling you to join him.'

Rinn Stiùbhart math, b' àbhaist dha a bhith fiadhaich leis a leithid de ghèam ach bha e na chuimhn' geall a rinn e dha a mhàthair. Co-dhiù bha e cràidhte 's rinn Seòras gàire as dèidh gàire ris.

'Woe oh oh oh oh oh

And she's buying a stairway to heaven.'

Bha an juke-box a' crochadh air a' bhalla. Choimhead Stiùbhart air 's gu h-obann ghluais e fo stiùireadh cumhachd a bha a' tighinn thuige uaireannan. B' e duine beag, tapadh a bh' ann 's a dh'aindeoin na dìbhe 's a h-uile càil eile bha e gu math fallain 's luath air a chasan.

'And if you listen very hard

The tune will come to you at last.'

Às a chiall, ghabh e grèim air a' bhogsa 's tharraing e sìos e. Thàinig e a-mach glè fhurasta. Sheas e leis an inneal na làmhan, a h-uile duine dian-ghlacte leis an t-sealladh. Thog e an-àird 's thilg e gun làr e. Mus do stad am fuaim uabhasach thuir e ri a bhràthair.

'Cluich am fear seo a-rithist a Sheòrais! Cluich sin a-rithist. Tha e a' còrdadh rium gu mòr,' agus leis an sin thill e gun ghèam pool.

Chaidh Seòras a-nall dhan bhàr agus thuir e, 'Am faigh thu sin air a' bharantas agad lain?' agus rinn e gàire cracte.

Thàinig dràibhear tagsaidh a-steach, ghabh e pinnt agus shuidhe e ri taobh Phòil.

'Dè do naidheachd,' dh'fhaighnich Pòil dheth.

'Uill chan eil mòran a' tachairt idir gu ruige seo seachad air na deich notaichean as furasta a fhuair mi a riamh,' fhreagar an dràibhear. Ghabh e slugadh mòr às a phinnt lager. Bha amas aige dà phinnt òl mus tilleadh e gu na sràidean.

'Ciamar a bha deich notaichean cho furasta ri sin?'

'Uill bha mise taobh a-muigh an Lion agus cha mhòr nach do thuit duine a-mach agus streap e air bhòrd bhon taobh deas gus thuir e rium gu robh e airson a dhol dhan Highland. Thuir mi ris 'sin e air do taobh chli'. Dh'fhaighnich e dhìom dè an

cosg a bh'ann an siud agus thuirte mise gu robh e saor 's an-asgaidh o chionn 's nach do ghluais an tagsaidh òirleach. 'Nì deich notaichean a' chùis,' thuirte esan agus thilg e e air mo ghualainn.'

'Co às a bha e?'

'Chan eil mi buileach cinnteach ach saoilidh mi gur e Sgitheanach a bh' ann.'

'Chaidh uirsgeul a bhreith,' thuirte Phòl.

Bha Tòmas feuchainn ri beagan leughadh a dhèanamh ach bha e caran an-fhoiseil. Cha robh ach aon chrogan leann-ubhail san fhuaradair. Dh'fhosgail e e agus shuidhe na chnap aig an telebhisean ach cha robh sin a' còrdadh ris na bu mhò. Bha taigh-seinnse sa chlachan ach bhiodh an geamair a' gabhail pinnt thall an sin agus ged nach robh eagal air roimhe cha bhiodh e gu mòran feum pinnt a ghabhail ann an leithid de dh'àite. Bha fhios aige gu robh a charaid Pòl sa bhaile an t-seachdain seo agus bhiodh a h-uile coltas gum biodh esan a' dol dhan taigh-seinnse air a' phrìomh shràid a-nochd far am biodh còmhlán-ciùil roc a' cluich. Thog e am fòn agus rinn e àireamh nan tagsaidhean.

Rinn Mìcheal a leisgeil agus thuir e gu robh aige ri fòn a chur gu a mhnaoi. Bha e air a bhith ag òl agus bha faireachdainn ana-miann ag èirigh na bhroinn. Smaoinich e air bodhaig Gillian, bha amas aige a dhol air a muin agus an uair sin tilleadh dhan bhàr gu a charaid agus an fheadhainn eile air an do chuir e eòlas air an fheasgar seo. Ma dh'fhaodhte nach biodh Gillian riarachtaichte le sin ach cha robh sin gu mòran diofar dha. Bha e a cheanna a' dèanamh planaichean le tè eile a bha airson blas taighean-òsta spaideil fhaighinn. Tè nach robh cho glic ri Gillian ach cha bhiodh cnap-starra ann an siud, cha robh e air fàs sgìth de fheòil Gillian ach dìreach a chuid còmhraidh, bha e mar gun robh ise bho àm gu àm a' toirt a chreidsinn gur e càirdeas stèidhichte a bha eatarra. Cha b' urrainn dha a dhol taobh a-muigh nan riaghailtean a bha eadar esan agus a chèile. B' e gèam cunnartach a bhiodh ann an siud. Bhiodh e a' faighinn cuidhteas de Gillian ann an ùine nach biodh fada ach cha robh sin cudromach a- nochd, cha robh aige ach a dhol suas an staidhre agus fad an trannsa agus bhiodh a làmhnan air a cìochan. Ràinig e an seòmair agus ghnog e air an doras. Bha e cruaidh dìreach a bhith smaoinich air a h-uile càil a dhèanadh e leis an tè a bha ga fheitheimh taobh thall an doras. Gnog e air an doras ach cha robh freagairt. Gnog e a rithist, cha tàinig Gillian. Gnog e airson an treas turas, bhuaill e an doras beagan nas làidire. 'Gillian, 's e Mìcheal a th'ann, a bheil thusa ann? Bha cothrom agam faighinn às mu dheireadh thall. Thòisich sin a' cur dragh air, càite an robh i, na cadal no an do ghabh i sgrìob dhan tràigh, bha fhios aige gu robh ise buailteach a leithid sin a dhèanamh. Nuair a ghnog e airson an t-siathamh turas thàinig dìthis bhon phòsadh dhan trannsa agus stad iad aig an ath sheòmair. Bha iad a' dèanamh sgrùdadh air. Beagan troimh-a-chèile leis an sin chaidh e sìos an staidhre. Cha mhòr nach do dh'fhaighnich e de Ruadh am faca e Gillian ach chaidh e a-mach an doras agus thug e sùil air a' phàirc chàraichean. Bha càr Gillian fhathast ann. Thionndaidh e agus thill e dhan bhàr, ghabhadh e pinnt eile. Bha faireachdainn mì-thoileachas ag èirigh na chuid smuaintean.

Chunnaic Ruadh Mìcheal a' dol seachad agus mhothaich e nach robh coltas cho cinnteach agus mòrchuiseach air 's a bha nuair a ràinig e an taigh-òsta na bu thràithe san latha. Bha an oidhche a' dol air adhart gu luath agus bha am manaidsear fhathast san oifis aice. Gu ruige seo cha do thill i gus dragh a chur air.

Bha Pòl a' dol suas an t-sràid ann an ciaradh an fheasgair dhan bhàr far an robh ceòl roc ri chluinntinn tro na h-uinneagan. Chunnaic e Gillian a' tighinn bhon taobh eile. Choinnich iad air beulaibh doras a' bhàir.

'A bheil thusa fhathast air chall?' Thuirt e.

'Bha, bha mi air chall air an tràigh le mo chuid cuimhneachain. Tha mi air tilleadh a-nis, tha fhios agam far a bheil mi,' bha i toilichte a bhith faicinn Pòl turas eile.

'Agus tha cothrom agam a-nis pinnt a cheannach dhut mus tog mi mo chasan às.

Chaidh iad a-steach, bha fhathast grunn àiteachan ri fhaighinn. Cheannaich Gillian pinnt lager agus còc dhi fhèin. Ged a bha an cèol àrd bha iad comasach còmhradh a chumail a' dol. Lean iad orra bho far an stad iad san taigh-bìdh. As

dèidh greis thàinig Tòmas a-steach dhan bhàr. Bha Gillian a' coimhead air duine

fichead 's a seachd bliadhna a dh' aois, duine tapaidh meadhanach àrd le falt

fada donn. 'S e gàirnealair a bh' ann an Tòmas agus bha e follaiseach gur ann a-

muigh a bha e ag obair, le craiceann a bha air a bhith a' gabhail na grèine gu trom

o chionn fhada. Bha e na bu trainge a-nis agus cha robh mòran àiteachan air

fhàgail ach fhuair e a-steach ri taobh Phòil. Chuir Pòl an aithne a chèile Tòmas

agus Gillian. Thuirt e gur e caraid bhon t-seann aimsir a bh' ann an Gillian.

Mhothaich Gillian cho furasta a bha e a bhith air a bogadh anns an àile a bha mu

cuairt oirre. Sa bhad bha ise a' faireachdainn dìreach cho cofhurtail le Tòmas 's a

bha i le Pòl. Cha robh feum aice air leisgeil sam bith a-nochd. Ann an seo bha e

comasach a bhith i fhèin. Leis an dithis a bha seo cha robh feum sam bith na bu

mhò air eàrlas. 'S e seòrsa thearapaidh a bh' ann, mar gun robh ùrachadh a'

tighinn air a h-anma agus ise a' tuigsinn turas eile gu bheil daoine comasach a'

dol tro chùrsa am beatha le a bhith dèiligeadh le daoine gun phrìs a phàigheadh

no ann a bhith daonnan ag obrachadh a-mach ciamar a bhiodh iadsan a'

dealbhadh faighinn seachad ort air an fhàradh.

Dh'fhaighnich Tòmas dha Pòl ciamar a bha cùisean sa phrìosan agus an uair sin

dh'inns e a naidheachd fhèin dha charaid. Bha e air a bhith air a dhòigh ghlan le a

chuid obrach air oighreachd beagan taobh a-muigh a' bhaile. Bha e ag obair e

ann an gàrradh far an robh iad a' cleachdadh dòighean a bha gu tur nàdarrach

agus bha e air a bhogadh san chuairt a bha sin. Bha dàimh làidir eadar esan agus

an talamh a bha e ag àiteach. A dh' aindeoin sin ge-tà bha e a' lorg obair eile.

Cha robh an t-àrd-gairnealair ùr a' còrdadh ris. Cha robh Tòmas a' càineadh an duine ùr, bha e dìreach tuigseach gum b'fheàrr dha a chasan a thogail às. Bhiodh e duilich dha dreuchd ùr fhaighinn far am faodadh e a' cumail a' dol le na dòighean nàdarrach. Bha e air litir a sgrìobhadh gu oighreachd shìos ann an Sussex agus bha iad airson agallamh a thoirt dha. Thuirt Tòmas gum biodh cothrom aige cèilidh air anns an lobhta ùr a bhiodh aige ann am Fulham.

Thuirt Gillian cho duilich 's a bha e a' faighinn bidhe nàdarrach sna bùthan agus ged 's a bha feadhainn a' dèanamh an dìcheall ann an Dùn Èideann bha cùisean gu math doirbh. Bha ise dèonach prìs na b' àirde a phàigheadh ach cha robh am bathar ri fhaighinn gach seachdain. Dh' aontaich Pòl agus an uair sin bha e a-mach air mar a bha a' phrìs seachad air a' mhòr-chuid agus nan robh airgead aca ciamar a bha muinntir Lunnainn cho trang a' meòrachadh air dè na bha iad ag ithe, airgead ann no às.

'Gheibh thu a h-uile biadh-luath a tha dhìth ort shìos ann an sin, biadh-luath 's e sin far a bheil airgead mòr. Tha còcaireachd a' dol a-mach à fasan. Ann an ùine nach bi fada bidh fiù 's na bailtean a leithid seo loma-làn bùthan biadh-luath. Nuair a thilleas obair dhan a h-uile duine cha bhi thìde idir airson còcaireachd, bidh sin gu math seann-fhasanta.

Bha Gillian ag aontachadh le sin, 's e aomadh a th'ann an siud a mhothaich i ann an Dùn Èideann.

'Tha ar coimhearsnachd air fad a' gluasad nas fhada air falbh bhon talamh, chan eil e ceart. Aig a' cheann thall bidh sannt gar toirt gu sgrios. Chan urrainn dhut còig nota a chur sa phana an latha a bhios na bùthan mòra falamh,' thuirt Tòmas le gàire.

'Cha dh'fheuch mi sin fhathast.' fhreagair Pòl, ach 's e iomadh rud neònach eile a chuir mi ann gu ruige seo.'

Bha iad a' cumail Gillian ann an deagh shunnd. Bha meas aice air bheachd Thòmais air mar a dhèiligeadh e ris an staing a bha a' cur dragh air. Cha robh gainnead de theannachadh eadar i fhèin agus mòran a bha os a cionn ach cha robh ise dèonach dad a dhèanamh mu a dheidhinn fad 's a bha an tuarastal mòr a' tighinn a-steach aig ceann a h-uile mìos. Am biodh e mar sin fad a dreuchd? A' faighinn air adhart san sloc-nathraichean na pearsa 'mas fhìor', a' fàs nas mì-chofhurtail agus nas mì-chofhurtail leatha fhèin thairis air na bliadhnaichean. Dè

cho làidir 's a bhiodh am faireachdainn ud nuair a bha i can, leth-cheud bliadhna a dh'aois. Am biodh misneachd aice gus rudeigin eile a dhèanamh le a beatha no an e a b' ann an sin ach aisling ghòrach a bh' aice. Bhiodh i uabhasach fhèin math nan robh cùisean fada na bu shìmplidh mar a bha an dòigh-beatha a bh' aig an dithis a bha còmhla rithe aig a' bhòrd. Ach san dearbh mhionaid bhiodh dàn a' sealltainn dhi nach robh a h-uile càil taobh a-muigh a saoghail chumhaing fhèin cho coileanta na bu mhò.

Cha mhòr nach robh cothrom aig Tòmas, 'seo adhbhar eile a chuir mi romham a bhith ag imrich bhon oighreachd,' mus do thòisich ùpraid. Bha geamair bhon oighreachd air coiseachd tron doras agus air a rathad dhan bhàr mhothaich e do Thòmas agus rinn e air le droch rùn.

'Ok ma-thà seo an dearbh amadan. Chan urrainn dhut ruith gun bhàillidh a-nochd. An tèid thu a-mach no a bheil agam ri do phronnadh ann an seo?' Cha d' fhuair an duine mòr reamhar seo freagairt bho Thòmas.

Bha Pòl air a chasan agus thuirt e, 'carson nach tèid thu dachaigh gus do ghunna a chur nad chraos mhòr. Leis an sin bhiodh tu a' dèanamh rudeigin feumail airson a' chinne-daonna air fad.'

Bha a h-uile duine sa bhàr a' choimhead orra. Ghabh an còmhlan-ciùil a-steach cùisean cuideachd agus chùm iad a' dol ach chluich iad na bu sàmhaich.

'Thalla 's cac amadan, tha seo eadar mise agus balach nam flùraichean.' Cha robh àm sam bith air fhàgail airson deasbad agus thilg an geamair a dhòrn deas air Tòmas. Laigh e air gualainn Thòmais a bha feuchainn ri seasamh gus a dhìon fhèin. San ùpraid ghnog an geamair an deoch bhon bhòrd. Bha Gillian air taobh thall a' bhùird bho Pòl agus Thòmas ri taobh a' gheamair fhiadhaich. Bhon taobh far an robh i na suidhe thug i an cothrom breab a thoirt do chùl casan a' gheamair os cionn a chalpa agus thuit e. Dh'èirich glaodh brosnachaidh tron àite agus fhad 's a bha an geamair a' feuchainn ri a bhodhaig thomadach faighinn bhon làr thàinig ceannard an taigh-seinnse bhon taobh thall a' bhàir gus cùisean a shocrachadh anns an dòigh shònraichte dhraoidheil a bh' aige. Sheas e eadar an geamair agus a thargaid agus thuirt e gu modhail.

'Tha mi duilich ach tha agam ri iarraidh ort am bàr fhàgail. Chan eil a leithid sin ceadaichte ann an seo.' Bha misneachd aig a' cheannard, nochd e na ghuth, ach a bharrachd air sin bha fhios aig a h-uile duine gum biodh an ceannard a' toirt

cùisean gu crìch leis a' phoileas nam biodh duine sam bith ga bhualadh. Co-dhiù nan robh duine sam bith a' toirt ionnsaigh air leumadh cha mhòr a h-uile duine sa bhàr air. 'S e seòrsa de chlub a bh' ann agus bha cliù mòr aig a' cheannard. Thuig an geamair gu robh a chothrom seachad, cha chuireadh e dragh sam bith air oidhche a chur seachad ann an grèim nan robh e air sgleog mhath a thoirt dha Tòmas ach cha b' fhiach e leis a' cheannard. Dh'fheuch e ri beagan pròis a shàbhaladh nuair a chaidh e a-mach, dh'èigh e, 'Chan eil an gnothach seo seachad, thèid an dithis agaibh ur dubh phronnadh. Chì mi a-rithist sibh.' Agus leis an sin chaidh e a-mach gus bàr eile a lorg gus a bhith ga lasadh suas le beagan a bharrachd deoch agus an uair sin lorgadh e targaid eile.

'Ciamar a tha thusa a' faighinn cadal nuair a tha duine cho cunnartach ri sin a' fuireach faisg air làimh,' dh'fhaighnich Pòl dha a charaid.

'Seadh, 's e deagh cheist a th' ann an sin. Co-dhiù tha aon rud cinnteach a-nis.' fhreagair e.

'Agus dè tha sin?'

'Bidh agam ri mo dhicheall a dhèanamh aig an agallamh ud shìos ann an Sussex,' thuirt e le gàire. 'Co-dhiù coma leam dhen sin, gheibh mi deoch eile dhuibh agus tapadh leat Gillian, nach math a rinn thusa.'

'Seadh,' thuirt Phòl, ' bhiodh an dithis againn air ar slighe dhan ospadal mur a robh thusa air a bhith ann an seo gus cobhair a dhèanamh oirnn.'

' 'S e ur beatha, ach feumaidh mi tilleadh dhan taigh-òsta a-nis tha mo jeans air an bogadh le lager air sgàth do chompanach Pòl.

'Tha mi duilich, nan robh fhios agam gum biodh an glaidhc ud anns a' bhaile bhithinn-sa fhathast aig an taigh.' Bha coltas ciontach air Tòmas.

Thòisich Gillian ri àireamh-fòn a sgrìobhadh air brat-leanna agus an uair sin thuirt i, 'am faod mi bruidhinn riut a-muigh Phòl?'

'Gu dearbh ach tha mi an dòchas nach tèid mo phronnadh cuideachd?' Rinn e fiamh-ghàire rithe.

Leig i soraidh le Tòmas agus chaidh i a-mach le Pòl. 'Tha mi fada nad chomain a-nochd Phòl,' thuirt i.

'Carson? Air sgàth do jeans bog fliuch?'

'Chan e a-mhàin sin ach ma dh'fhaodas mi a bhith cudromach airson mionaid. Bha e uabhasach feumail dhomh, tha mi air a bhith beò ann an cearcall cianail

fèin rannsachail an taca ris a' chuideachaidh a fhuair mi a-nochd.'

'Chan eil e daonnan cho mosach ri sin, faodaidh e a bhith buileach rannsachail sa bhaile seo cuideachd.' Bha Pòl a' sealltainn air a shùilean agus nad aisling.

'Tha mi air chur romham a-nochd gum bi mi onarach dhomh fhèin a dh'aindeoin dè seòrsa toraidh a bhios tighinn às. Seo m' àireamh-fòn, thig a chèilidh orm an ath thuras a bhios thusa ann an Dùn Èideann.' Thug i am brat-leanna dha agus bha i cinnteach, gun robh nòisean aice dha .

'A bheil thusa cinnteach, saoilidh mi nach e mise an seòrsa duine a tha thusa air a bhith cleachdte ris.'

'Tha mi cinnteach às,' thuirt i agus thug i pòg dha air a' ghruaidh. Ghluais i a ceann air ais beagan agus an uair sin thug i pòg eile dha air a bhilean. Cha b' e pòg fhada a bh' ann ach leugh Phòl an rùn a bha ri fhaicinn na sùilean. 'Tha mi cinnteach às,' thuirt i turas eile agus an uair sin chuir i a-mach a gàirdean gus stad a chur air an tagsaidh a bha tighinn suas a' phrìomh sràid.

Choimhead Phòl air an tagsaidh gus an deach e a-mach à sealladh agus thill e dhan bhàr, bha fhathast uair a thìde aige gus pinnt a ghabhail le Tòmas. Shaoil e gum biodh Gillian a' faighinn fòn bhuaithe an ath-sheachdain. Bhiodh e a' fònadh Comhairle Hammersmith agus Fulham sa mhadainn gus a dhaingneachadh gum biodh e a' gabhail seilbh den lobhta. An dèanadh e an cùrsa a chunnaic e mus do thog am poileas e? Windows 1 agus sgilean coimpiutaireachd aig a' cholaiste ud shuas air Tolgarth Road. An robh an t-àm ann dorsan ùra fhosgladh?

Bha Mìcheal air a bhith trom air an deoch agus a-nis bha e air a' cur dragh air an luchd-obrach aig a' bhàr. Bha e faisg air na crìochan air na bha ceadaichte ann a leithid de thaigh-òsta ach bha eagal orra gearain a thogail ris a' mhanaidsear air sgàth 's nach robh ise buailteach a bhith taiceil riutha. Chan fhaca Mìcheal Gillian tighinn a-steach ach bha e air a bhith a' dol grunn thursan suas an staidhre gus gnogadh air a doras. Thug Ruadh rabhadh dhi nuair a thàinig i a-steach, thuirt e gu robh Mìcheal air a bhith a' dol suas agus sìos an staidhre fad na h-oidhche agus esan air a bhith gu trom air an deoch cuideachd. Cha robh sin na phàirt den dleastanas aige a thaobh a dhreuchd ach bha e cinnteach gu robh cùisean caran cunnartach.

Cha do ghlas i an doras agus b' e mearachd mhòr a bh' ann an siud. Bha i ag atharrachadh a jeans agus a geansaidh nuair a thàinig e a-steach.

'Mu dheireadh thall tha thusa air tilleadh. Càit an robh thu?' Ghluais e na bh fhaisge dhi, beagan cugallach air a chasan.

'Tha thusa air mhisg Mìcheal.' Chan fhaca i a-riamh e leis a leithid deoch air.

'Seadh a ghràidh ach chan eil cùisean gu tur seachad orm, cuir dhiot do dhrathais agus laigh air an leabaidh. Tha rudeigin agam a chuireas thusa ann an deagh shunnd.'

Thog Gillian a mhàileid agus chuir i air an leabaidh e fhad's a bha i a ràdh, 'na bi gòrach a Mìcheal, tha mi duilich ach rinn mi mearachd, tha a h-uile càil seachad eadarainn. Tha mise a' dol dhachaigh a-nochd. Chan e dad pearsanta a th' ann, mar a thuirt mi rinn mi mearachd.'

'Chan eil thusa faighinn às cho furasta ri sinn,' dh'èigh e agus chleachd e a chuid cudrom gus Gillian a phutadh air a leabaidh. Bha e air a mullach ga chumail gu teann ris an leabaidh, bha grèim aige air a làmhan.

'Mìcheal, cuir stad air, chan eil mi gad iarraidh,' bha i a' strì ach cha robh e gu mòran feum.

' 'S e siùrsach a th' annad, tha mi air pàigheadh agus a-nis tha agad ri do chasan fhosgladh.' Bha fàileadh uisge-beatha a' buaileadh oirre fad 's a bha e a feuchainn ri pòg a thoirt dhi.

Thionndaidh i a ceann gus a sheachnadh agus thuirt i, 'tha thusa a' cur sgreamh orm. Amadan salach a th' annad.'

'Shiùrsach, gheibh mi thu a-nochd agus cha bhi mi sèimh nas mò.' Thog i a làmh

gus sgleog a thoirt dha ach nuair a bha a dhòrn an-àirde ghabh dà làimh Ruaidh grèim air agus snìomh e gairdean Mhìcheil air a chùlaibh. Leig e gaoir agus leis an sin bha cothrom aig Gillian a phutadh às an leabaidh.

‘Tha mi duilich,’ thuirt Ruadh ri Gillian. ‘ach lean mi suas an staidhre e oir bha eagal orm gu robh e ann an droch shunnd. Bha an doras beagan fosgailte agus...’ Ann an dòigh neònach bha e air a nàireachadh gus a bhith a’ toirt buaidh air a’ ghnòthaich ged a bha a chogais ag innse dha gur ann mar sin a bu chòir dha a bhith air a dhèanamh.

‘Nach mise tha taingeil gun rinn thu sin.’ Leum i gu a casan agus gabh i grèim air ìomhaigh umha. Bha Micheal na laighe air an làr. Chunnaic e Ruadh na lèine gheal agus na thaidh dhubh agus thuig e dè a bha air thachairt dha.

‘A bheil fhios agad cò a th’ annam-sa,’ thuirt e.

‘Tha fhios agam, èighneachair, ‘s e èighneachair salach a th’annad?’ Bha Ruadh a’ dèanamh deiseil gus e-fhèin a dhìon.

‘Chan obraich thu ann an taigh-òsta sam bith eadar seo agus Anartartica, tha thusa deiseil. ‘S mise an t-Àrd-stiùiriche den bhuidhinn a tha a’ ruith an taigh-òsta a tha seo. Bidh mise a’ faighinn cuidhteas dhut.’ Bha pian fhathast a’ crathadh tro a ghàirdean fhad ‘s a bha e a’ bruidhinn.

Rinn Ruadh gàire mhòr, ‘Dh’fhaodadh sibh a bhith nur n-àrd-stiùiriche ann an Ifrinn agus cha bhiodh e a’ cur dragh sam bith orm. Abair thusa gur e neach-diòlain brònach a th’ annaibh.’

‘Tha esan ceart, a-nis a-mach às an t-seòmar seo,’ dh’èigh Gillian àrd a claiginn agus ise deiseil gus ceann Mhìcheil a bhualadh leis an ìomhaigh. ‘Cha bhiodh ann ach fèin-dhìon an aghaidh èighneachair, tha neach-fianais agam. A-mach à seo, ghluais!’

Cha robh cothrom aig Micheal faighinn air a chasan. Theich e às an t-seòmar mar chù.. Bha feadhainn de na h-aoghean eile a-muigh san trannsa, Crisdean nam measg agus chunnaic iad an t-àrd-stiùiriche a’ dol seachad orra le Gillian na drathairs agus geansaidh uaine na seasamh aig stairsneach an t-seòmair le ìomhaigh na làmhan. Nam measg bha a’ chàraid bho Dùn Èideann.

‘Nach e sin an neach a tha gu bhith na thagraiche don phàrlamaid againn?’ thuirt cailleach.

Thàinig Pòl agus Tòmas a-mach às an taigh-seinnse

‘Dè mu dheidhinn tiops? Dè do bheachd? Dh’fhaighnich Pòl dha charaid.

‘Gu dearbh fhèin, nì sin a’ chùis. Tha iad sgriosail ach tha mi coma aig an uair a tha seo. Bhiodh poca tinneas chridhe sgràthail fhèin math,’ rinn Tòmas gàire ri a charaid agus leis an sin rinn an dithis air a’ bhana tiops ceud slat suas an t-sràid-mhòr. Bha iad letheach-slighe suas an rathad nuair a mhothaich Pòl gu robh an geamair an làthair.

‘Cha b’ fhiach e Thòmais, tha Rocky aig a’ bhana.’

‘Nach bochd sin! Tha thusa ceart. Uill tha mise a-mach à seo. Gheibh mise tagsaidh,’ bha an t-acras air Tòmas ach cha robh e airson sabaid fhaighinn sa chiutha.

‘Nach bi esan a’ dol gu oifis nan tagsaidhean cuideachd?’

‘Cha bhi, bidh esan a’ fònadh a mhnatha airson lift fhaighinn.’ An-uiridh fhuair Tòmas lift sa chàr aige agus bha e air a nàrachadh leis an dòigh anns an robh an geamair a’ bruidhinn ri a mhnaoi. Cha deach e sa chàr a-rithist às dèidh sin ged a chosgadh tagsaidh trì notaichean.

An uair sin chuala Pòl fonn aig astar, fonn a dh’aithnich e sa bhad. Mar chù Pavlov thòisich seile a’ ruith aig cùl a bheòil. Thionndaidh bhana reòiteag Enrico oisean agus stad i far an robh sluagh tighinn às an taigh-seinnse. Thog iad iolach ris . Phàirc Enrico a bhan agus dh’fhosgail e na h-uinneagan mòra air a taobh gus suiteas agus reòiteagan a reic.

‘Halò a chàirdean, tha mi uabhasach fhèin toilichte ur faicinn a-nochd. Gus an t-seirbheis ùr a tha seo a chur air bhog tha mi glè thoilichte a ràdh gum bi a h-uile càil sa bhan ri fhaighinn aig leth-phrìs.

Chaidh an sluagh air bhoil, cha chualas a leithid fuaim air an t-sràid-mhòir bhon a bhuannaich sgioba a’ bhaile cupa lìog na Gàidhealtachd ann an 1871.

An uair sin ’s e dà phoileas calma a rinn an dleastanas aca. Ghluais iad tron shluagh agus thuirt fear aca,

‘Enrico tha làn fhios agad nach eil cead agad reic ann an seo aig an àm a tha seo. Feumaidh tu falbh.’ Mus robh an seàirdeant seachad bha siosarnaich a’ ruith tron t-sluaigh.

‘A dhaoine-uasal, tha mi duilich ach chan eil mi ag aontachadh le sin. Tha an dearbh chead agamsa a tha aig mo chompanach shuas an t-sràid. Chan eil mi a’

dol leis a h-uile beachd a th' aig Mairead Thachter ach dè fon ghrèine a tha ceàrr le beagan a bharrachd calpachais?' Chòrd briathran Enrico leis an t-sluaigh agus thòisich iad a sheinn:

'Chan eil ach aon Enrico, chan eil ach aon Enrico, aon Enrico, aon Enrico. Chan eil ach aon Enrico.'

Chaill an dithis poileas an cothrom sònraichte a bh' aca gus ar-a-mach a thòiseachadh. Bha sabaid air tòiseachadh eadar an fheadhainn a bha fhathast a' ceannaich tiops. 'S e sin ri ràdh gu robh sabaid eadar an geamair agus trì de na bràithrean Grand agus dà bhana-Gearmailteach le pocannan-droma. Abair thusa gur e blàr air leth a bh' ann. Mhothaich iad dha na poileis a' dèanamh orra ge-tà agus stad iad, uill stad a h-uile duine ach an geamair. Bha am poileas a' ruith a-nis ach cha robh iad airson duine sam bith a chur an grèim bha iad dìreach airson crìoch a chur air cùisean. B'fheàrr leotha nan robh an t-sràid sìtheil agus cha chuireadh iad duine sam bith sa chàr nan stadadh iad. Cha robh an geamair a' gabhail ris gu mì-fhortanach. Bhreab e aon dhiubh eadar a chasan agus thuit am poileas. Thàinig trì poileis eile agus às dèidh strì mhòr fhuair iad a-steach dhan chàr e leis na glasan-làmhan air. Le bagairtean gun cuireadh e crìoch air a dhreuchd gheall e dhaibh gun tilleadh e sa mhadainn le na gunnaichean a bh' aige agus gum marbhadh e a h-uile fear aca. An uair sin chunnaic e Pòl agus Tòmas ag ithe reòiteagan agus thòisich e le bagairt muirt eile ach cha chuala an dithis aca fuaim sam bith, bha dorsan a' chàr-poileis dùinte. Cha robh feum air na faclan leis an fhòirneart a bha sgrìobhte air aodainn a' gheamair.

'Ma dh'fhaodhte bidh cothrom agad cumail a' dol air an oighreachd a-nis gun eagal do bheatha a bhith ort.' Thuirt Pòl agus dh'imlich e an reòiteag aige.

Tha fhios agam, nach math an tè mheannt agus sheoclaid a tha seo,' fhreagair a charaid fhad 's a bha am poileas a' dràibheadh duine a bha aig iomall euslaint-intinn suas an t-sràid.

Bha Crisdean na neach-naidheachd sa bhad. Chuala e na faclan 'neach a tha gu bhith na thagraiche don phàrlamaid againn' agus dhùisg a h-uile moileciuil seòlta na bhroinn. Ruith e gu a sheòmar sa bhad agus thog e an camara a bu lugha bh' aige . Chuir e sa phòcaid e agus chaidh e a-mach dhan tranntsa, a' lorg an neach-poilitigs a dh'fhalbh à seòmar a' bhoireannaich ud ann an suidheachan a bha iongantach. Cha robh sgeul air a chreach ge-tà. Bha Crisdean dhen bheachd gun

do theich e dhan t-seòmar aige. Cha bhiodh e furasta faighinn a-mach dè an àireamh a bha sin, cha robh fhios aige air an sloinneadh aige no dad sam bith eile ceangailte ris. Eadar dà lìon chaidh e sìos dhan lobaidh. Cha robh duine sam bith air cùl na deasg. Chaidh e a-null dhan bhothan-fòn. Thàinig Sìne a-mach à doras faisg air an deasg agus ghlac a coltas grinn aire Chrìsdein. Shaoil esan gum b'ise am manaidsear. Bha i air a sàrachadh. Thog i am fòn agus às dèidh greis nochd nighean a chunnaic Crìsdean na bu thràithe sa bhàr agus chaidh i air cùl na deasg agus thill Sìne dhan oifis aice.

An uair sin chunnaic e an tè a bha cho fiadhaich leis an neach-poilitigs Bha i còmhla ri fear òg a chunnaic Crìsdean san ionad-fàilte nuair a ràinig e an taigh-òsta an-dè. Bha бага aig an fhear òg. As dèidh greis bheag aig an deasg chaidh iad a-mach agus lean Crìsdean iad. Fhad 's a bha iad a' faighinn a-steach den chàr chaidh e a-null thuca.

'Gabhaibh mo leisgeil ach seo m' àireamh fòn dhuibh,' thuirt e agus thug e a chairt-ghnìomachais do Ghillian.

Chuir e iongnadh oirre ach ghabh i a' chairt agus cha robh fada aig Crìsdean ri feitheamh gus an tàinig freagairt thuige. 'Thalla is cac,' thuirt i ris.

Bha seòmair Mhìcheil aig an ìre a b' àirde agus cha robh sealladh aige air a' mhuir na bu mhò ach cha robh sin a' cur dragh air an dearbh mhionaid a bha seo. Bha e fo iomagain ach aig a' cheann thall bha fhios aige nach dèanadh Gillian dad mu a dheidhinn. Ghabh e dram agus thog e am fòn. Dh'fhaighnich e dhan ionad-fàilte an robh e comasach dhaibh fòn a chur gu Gillian.

'Tha mi duilich ach dh'fhalbh i o chionn còig mionaidean,' thuirt an tè aig an deasg.

Chuir sin iongnadh air agus an uair sin bha ceist eile aige. 'Am faod mi bruidhinn leis a' bhalach a bha air an deasg na bu thràithe.' Dh'fheuchadh e ri brìb a thoirt dha. B' àbhaist dha sin obrachadh nuair nach robh bagairt gu mòran feum. Dh'inneadh e dha gur e siùrsach a bh' innte bho Dùn-Èideann agus gu robh i a' lorg prìs na b' àirde.

'Tha mi duilich ach tha an sioft aige seachad.' Thàinig am freagairt.

'Ah, tha esan air falbh, a bheil thusa cinnteach às?' dh'fhaighnich e.

'Tha, an e sin uile?'

'S e , tapaidh leibh,' chuir e sìos am fòn. A-nis cha robh cùisean cho buileach dona idir. Bha an t-siùrsach air falbh agus ma dh'fhaodhte gus gliogaid de ghille-fhrithealaidh a' leigeil air a muin. Nach èibhinn a bha sin. Co-dhiù, fhuair e cuidhteas dhith agus bhiodh an ath-thè fada na b' fhurasta a fastadh a-nis. Thill a mhisneachd, thug e sùil air fhèin san sgàthan. Ghabh e balgam eile nach robh beag den uisge-beatha aige, chuir e an taidh aige air dòigh agus chaidh e a-mach an doras.

Chaidh Eirdsidh dhan bhaile airson ola ach cha deach e dhan A96 an uair sin. Chaidh e dhan chala agus choimhead e a-mach air linne Mhoireibh. Bha fuaim na mara san dorchadas a' toirt tlachd dha. Bha cus sgòthan san taobh an iar air cùl nam beanntan ach bha fhathast beagan solais san taobh an iar. Bu chòir dha a bhith air an rathad ach a dh'aindeoin sin chaidh e a-mach às a chàr, dh'fhosgail e an doras cùl agus ghabh e cuairt air an tràigh. Shaoil e gum biodh e na b' fheàrr nam biodh Brus sgìth mus tòisicheadh iad gu deas. Bha cunnart ann gum faiceadh cuideigin ceangailte le Sùsaidh e ach cha bhiodh i a' leughadh na litrich fhathast ach nan robh e sa bhaile an uair sin bhiodh sin diofraichte. Bhiodh an naidheachd ga sgaoileadh air feadh a' bhaile ro mheadhan-oidhche. Chuireadh i fòn gu a màthair agus dhèanadh i a' chùis. Nam biodh e fhathast sa bhaile madainn an làrna-mhàireach bhiodh cuisean mì-chofhurtail dha.

Nuair a dh'fhàg e an tràigh cha deach e dìreach dhan phrìomh rathad, bha e a-nis a' dol chun an taigh-òsta. Chaidh e seachad gu slaodach agus choimhead e a-steach na dorsan-gloinne. Bha Sìne air an deasg a' bruidhinn ri boireannach air choreigin. Chuir e a' chàr ris an A96 ach nuair a ràinig e e cha deach e gu Inbhir Nis. Thionndaidh agus thill e a' dh'ionnsaigh an taigh-òsta turas eile.

Bhon a' bhothan-fòn chunnaic Crisdean Mìcheal a' tighinn sìos an staidhre. Chaidh e a-steach dhan bhàr. Cha mhòr nach do leum Crisdean a-mach bhon àite-sgrùdaidh aige.

Cha robh cùisean trang a-nis, bha a' chuid mhòr de dhaoine bhon a' bhanais air falbh agus chan fhaca Mìcheal a charaid bho Dùn Èideann. Thug e aire dhan tè bhusach air cùl a' bhàir. Shuidh Crisdean air stòl faisg air. Mhothaich e gu robh coltas mì-thoilichte air Mìcheal ris an neach-obrach a bha a' glanadh glainneachan.

'Tha an t-seirbheis san àite seo a' dol fodha, nach eil?' Thuirt Crisdean ri Mìcheal. 'Tha mise a' caill misneachd san taigh-òsta a tha seo.' Am biodh e a' creidsinn gu robh e ri taobh duine eile a leithid sa?

'Nach eil fhios agamsa', thuirt e le fearg. Thàinig an nighean a-null agus dh'fhaighnich i dha Mìcheal dè a bha e ag iarraidh?

'Gabhaidh mise drama agus thusa?' thuirt e agus a' tionndaidh gu Crisdean.

'Tapaidh leat, gabhaidh mise pinnt lager mas e ur toil e,' fhreagair Crisdean an dòchas gum biodh toradh math tighinn às a' chòmhradh leis an duine seo a bha fo dheoch.

Thill an nighean le na deochan agus an uair sin thòisich i a' dol cuairt den t-seòmar gus glainneachan eile a thogail. Thug sin cothrom do Mhìcheal cumail a' dol.

'Tha fhios 'm, tha fhios 'm, ach innsidh mi dhuibh rudeigin a charaid. Rudeigin nach eil iadsan eòlach air idir, idir, idir. Rudeigin a bhios iad uile a' faighinn a-mach ann an ùine nach bi fada.'

'Dè na tha sin?' dh'fhaighnich Crisdean. Dè a chanadh e a-nis? Dad sam bith feumail dhan rannsachadh a bh' aige no sgudal gun bhrìgh.

'The mise nam riochdaire den bhuidhinn a tha air an t-àite mosach a gabhail os làimh. As dèidh drama eile bidh mise a' cur an aithne gur mi am manaidsear,' thuirt Mìcheal agus rinn e fiamh-ghàire mòrchuiseach ri Crisdean.

Cha mhòr nach robh Crisdean ga chreidsinn. Bha cothrom air leth aige a-nis ach bha e ro thràth gus a bhith cinnteach gum faigheadh e rudeigin feumail às. 'Cheannaich mi an drama sin air ur son, faodaidh sibh an teisteanas a thoirt dhaibh air mo shon cuideachd. Phàigh mi deagh phrìs airson na droch sheirbheis a tha mi air a bhith a' fulang ann an seo.

‘Tapadh leat,’ thuirt Mìcheal.

‘S e ur beatha,’ thuirt Crisdean, ‘agus tha mi an dòchas gum bi an duine òg a bha ag obair san ionad-fàilte a’ faighinn breab mhòr san thòin aige. Abair thusa gur e duine làn dìmeas da-rìribh.’

Chuir iomradh Ruadh fearg ann an inntinn Mìcheal, ‘Gu dearbh bidh mise a’ dèiligeadh ris agus a h-uile amadan eile a tha ag obair ann an seo ach gu h-àraidh am bastard suarach ud,’ thuirt e agus shluig e an t-uisge-beatha. Bha e deiseil a-nis. ‘Tha làn thìde agam dleastanas a thoirt dhaibh.’ Chrath e làmh Chrisdein agus an uair sin rinn e air an ionad-fàilte.

Lean Crisdean e agus dh’èist e ris a’ chòmhradh eadar Mìcheal agus an tè aig an ionad-fàilte. Le guth bagarrach dh’iarr e am manaidsear oirre. Bha ise deònach a lorg.

Thàinig an t-iongnadh air Sìne agus bha sin am follais airson diog agus an uair sin thill a misneachd.

Dh’aithnich Mìcheal Sìne cuideachd agus chuir i na chuimhne dè cho soirbheachail ‘s a bha buidheann eile leis an taigh-òsta a dhiùlt an sgioba aige a cheannach shìos ann an Jersey agus a’ chàineadh a fhuair esan bho feadhainn den luchd-earrannan.

Bha Sìne eòlach air an duine a bha seo ach dhìochuimhnich i dè an t-ainm a bh’ air. Bha esan os cionn na sgioba a thug sùil air an taigh-òsta a bh’ aice ann an St Helier. As dèidh seachdain de rannsachadh mionaideach thill iad dachaigh agus rinn iad moladh nach bu chòir dhan bhuidhinn an taigh-òsta a cheannach. B’ e briseadh-dùil a bh’ ann ach an ath mhìos thàinig riochdaire companaidh eile a thug tairgse sa bhad. Mur a robh cuimhne aice air an duine a bha fa comhair b’ e esan an duine a bu mhòrchuiseach den bhuidhinn agus abair thusa gur e farpais a bh’ ann an siud. A-nis bha e air nochdadh san àite seo. Cha robh ach aon adhbhar air cùl sin, bha esan air a bhith a’ dol cuairt air an taigh-òsta mar neach-ceannaich dìomhair’. Bha ise a’ coimhead air aon de na ceannardan ùra a bh’ aice. B’e teans nach bu bheag a bh’ ann gur e co-thuiteamas anabarrach neònach nach robh ceangailte ri a’ ghnìomhachas a bha a’ libhrigeadh an duine seo gun doras aice. Chuir i oirre a fiamh-ghàire a b’ fheàrr agus thuirt i, ‘Feasgar

math, am bu toil leat a' dol a-steach dhan oifis agam? Thuirt i.

Bha cumhachd aige gus crìoch a chur air dreuchd a' bhoireannaich agus dhèanadh e sin le toileachas. A-nochd bhiodh e ag innse dhi dè bha fa a comhair.

Nuair a dhùin doras a' mhanaidseir thill Crisdean dhan bhothan-fòn. Bha e teagmhach gum biodh dad feumail tighinn às ach chùm e faire. Cha robh dad eile ri dhèanamh.

Bha smuain aig Sìne gum b' e coinneamh dhoirbh a bh' ann ach sa bhad bha e tàmailteach dhi. Shuidh ise sìos ach bha Mìcheal fhathast air a chasan. Thòisich e a' coiseachd suas agus sìos an oifis ag innse dhi a liosta ghearain. Rinn e mòran iomradh air na slatan-tomhais proifeiseanta a bh' aige agus dè cho maslach tàmailteach 's a bha riaghladh Sìne.

Chaidh Sìne ann an neul, bha an duine a bha fo a shùilean a' fàs na b' fhuaimneach agus na b' fhuaimneach ach cha robh ise a' gabhail a-steach a bhriathran a-nis. Bhuail e oirre gum biodh esan a' faighinn cuidhteas dhith. Bhiodh i gun obair, gun duine, gun mhàthair, bha a h-uile càil an ìmpis a dhol bun os cionn. Bha deòir a' ruith sìos a h-aodann.

Chunnaic Mìcheal na deòir agus rinn e magadh oirre. Bha e air a bhith na bhurraidh fad a bheatha agus a-nis chuir e na sgilean ud an gnìomh turas eile. Bha e gu tur air bhoil. Sheas e air a beulaibh a' crathadh a làmhan.

Bha Eirdsidh fhathast a' coimhead air cùisean. Bha e air a bhith an ìmpis falbh nuair a chunnaic e fear a' dol a-steach gu oifis a mhnatha. Thuig e nach robh an duine ud ann an deagh shunnd. Cha robh e cinnteach, bha e ro fhada air falbh bhon oifis ach bha amharas aige gu robh a bhean a' caoineadh. Nuair a chunnaic e gu robh am fear a' crathadh a dhùirn agus a' bualadh a' bhùird chuir sin fearg air. Leum e a-mach às a' chàr. 'Trohad, Brus', thuirt e, 'tha cruaidh fheum aig Sìne oirnn.' Dh'fhosgail e an doras agus lean an cù e. Ruith iad tarsainn an rathad agus a' phàirc-chàraichean agus a-steach dhan taigh-òsta.

Chunnaic Crisdean duine agus Alsation mòr, mòr a' ruith gu oifis a' mhanaidseir. 'Nach buidhe dhòmhsa,' smaoinich e.

Bhreab Eirdsidh an doras agus chaidh e a-steach. Chuala Micheal fuaim doras a' briseadh agus thionndaidh e gus dhòrn Eirdsidh fhaighinn air a smig. Ghluais neart a' bhuille gun taobh chli e agus spealg e an aghaidh sgeilpean àrda. Thuit fras faidhleachan. An uair sin ghabh Brus grèim teann air briogais Mhicheil agus tharraing e oirre.

Dh'èirich Sìne agus ruith i a ghàirdean Eirdsidh. Gu h-obann thòisich Eirdsidh a' dèanamh gàire. Bha e a' coimhead air na Y-fronts donn aig Micheal, bha iomall geal orra agus air an beulaibh am facal 'Stud'.

Bha Crisdean san oifis a-nis agus thòisich e a' togail dealbhan Mhicheil. Dh'fheuch Micheal ri a làmhnan a chur air beulaibh a Y-fronts ach thòisich Brus a' dranndail.

Bha Sìne agus Eirdsidh na laighe ann an gàirdeanan a chèile gu teann san leabhaidh aig taigh Sìne. Thug Eirdsidh pòg eile dhi san dorchadas.

‘An cuir thu fòn gun duine snog bhon phàipear-naidheachd a ghràidh? Thuir Eirdsidh.

‘ ‘S dòcha nach ceannaich mi am pàipear co-dhiù,’ rinn e fiamh-ghàire. ‘ Ach dè nì sinn a-nis, dè mu dheidhinn Sùsaidh

‘Cha bhi e glic ma dh’fhuireachas sinn ann an seo. Thèid mo phronnadh air a’ phrìomh sràid sa bhad agus bhithinn-sa airidh air gu mì-fhortanach,’ thuir Eirdsidh. ‘An còrdadh sgrìob gu Jersey riut?’

‘Gu dearbh fhèin chòrdadh e rium,’ thuir i. Cha mhòr nach robh i a’ creidsinn gu robh i air ais le a chèile. ‘Agus tha làn thìde againn sùil a thoirt air a’ bhaile fearainn againn sa Bhreatainn bhig, nach eil?’

‘Tha,’ fhreagair Eirdsidh. ‘Uill tha a h-uile coltas ann gum bi dàrna mìos nam pòg air fàire.

Ghluais Sìne a bilean na b’ fhaisge air beul a chèile agus thug i pòg fhada, fhada dha.

Bha am bus gu Lunnainn a streap suas a-mach à Inbhir Nis. Chunnaic an dràibhear solais ghorma air a chùlaibh agus smaoinich e gu robh iad a' dèanamh air tubaist air choreigin. Bha e tàmailteach dha nuair a chuir iad stad air a' bhus. Bha e cinnteach a-nis gum biodh iad a' lorg cuideigin a bha air a' bhus. Thug iad am breathalyser dha ach cha do nochd dad. Bha an duine seo air a bhith tioram o chionn seachd air fhichead bliadhna agus dh'aithnich aon de na poileis e bhon eaglais ach cha tuirt e dad fhad 's a bh aige ri a dhleastanas a dhèanamh.

Nuair a thill e dhan chàr thuirte e air an rèidio, 'sia deug an seo, tha teachdaireachd agam dhut.'

'Ok ma-thà,' thuirte guth boireannaich.

'Cha robh deoch sam bith air an dràibhear idir. An urrainn dhut innse dhan t-sàirdseant gum molainn-sa rannsachadh air casaid le droch-rùn'.

'Ceart gu leòr sia-deug,' fhreagair am boireannach.

Stad Gillian ri taobh an rathaid.

‘A bheil rudeigin ceàrr,’ dh’fhaighnich Ruadh dhith.

‘Tha mi sgìth, thàinig e orm gu h-obann,’ thuirt Gillian. ‘A bheil cead-dràibhidh agad?’

‘Tha,’ thuirt Ruadh.

‘An urrainn dhut dràibheadh airson greis. Tha mise cho sgìth ri seann chù. Ma ghabhas mi leth uair de norrag nì sin a’ chùis,’ thuirt i.

‘ ‘s urrainn,’ thuirt Ruadh.

Chaidh iad a-mach às a’ chàr gus àite a chèile a ghabhail. Bha iad sia mìle a-mach bhon bhaile agus choimhead Gillian sìos tarsainn air na coilltean gu solais a’ bhaile a bha a’ deàrrsadh leis a’ mhuir air an cùlaibh. Bha i làn dòchais gun tigeadh Pòl a chèilidh oirre ann an Dùn Èideann.

Stad Pòl aig an drochaid iarainn air an frith-rathad. Chuir e a ghàirdean air an taobh. Cha robh sgeul air duine sam bith eile agus smaoinich e gur e àite air leth a bh' ann gus joint a dhèanamh. Chuir e trì pàipearan ri chèile agus an uair sin an tombaca a-steach. Bha cnap dubh mòr cainb eadar a chorragan agus chuir e an lasair faisg air. An uair sin chuir e às den lasair agus chlaon e na b' fhaide a-mach air cliathach na drochaide agus leag e às e. Nan robh an saoghal air a dol fada a bharrachd ro rèidio-beò thilleadh e dhan cur seachad a bha sin ach a-nis bha planaichean eile gan dealbhachadh na cheann. Thuit am pìos cainb dhan abhainn agus chòrd am fuaim a rinn e gu mòr ris. Smaoinich e gum biodh a mhàthair toilichte leis an naidheachd aig àm bracaist.